

[C 1]

<eng>SPIRITUAL SONGS
IN
GAELIC & ENGLISH
BY
D. GRANT.
TULLYMET

[C 2]

[Blank]

[C 3]

[Blank]

[DA 1]

<gai>Laoidhean Spioradail

LE

DANIEL GRANND,
TULLYMET.

"Gabhadh focal Chriosd còmhnuidh annaibh gu saobhir san uile ghliocas, a teagast agus a' comhairleachadh a chéile le Salmaibh, and Laoidhibh, and Dànaibh Spioradail, a deanamh ciuil do 'n Tighearn le gràs ann bhur cridhe."—Col. iii. 16.

<eng>SECOND EDITION.

PERTH:

PRINTED AND SOLD BY JAMES DEWAR, JUN.;
D. R. COLLIE & SON, 19, ST. DAVID STREET, EDINBURGH; AND W. M'DONALD,
ELGIN.

MDCCCLXII.

[DA 2]

[Blank]

[TD 1]

[Blank]

[TD 2]

AN CLAR INNSIDH.

NO.	PAGE.
1. Gradh Chriosd,	3
2. Cumhachd Dhé na Fhreasdal,	7
3. Slàn Leibh,	10
4. Laoidh do 'n Spiorad Naomh (Partly a Translation),	12
5. Ad Cridhe Brùite,	14
6. An dara Cuid,	15
7. Misneach do 'n Fhear-thurus,	17

8. Gairm do Shion,	20
9. Comh-Fhurtachd,	25
10. Bàs Criodh Oig,	27
11. Iompachadh,	31
12. Taisbean,	35
13. Am Baile Didean,	41
14. Pill, Pill carson a Bhàsaicheas tu,	45
15. Furtachd,	49
16. Slàn leis an t Saoghal,	52
17. An Soisgeul,	56
18. Misneach do 'n Fhirean,	60
19. Innleachdan Shàtan,	63
20. Laoidh Molaidh,	67
21. Mo Ghearan,	70
22. Orain Molaidh,	73
23. An Toigh leat Mise?	76
24. Am Peacair, sa 'm Bàs,	82
25. Cuireadh an t' Soisgeil,	87
26. An Roghainn rinn Maois,	91
27. Laoidh do Chriosduighean,	94
28. Cia Mar Tha t' Anam,	99
1. Hymn on the Death of the late Mr M'Ewen,	103
2. Hymn on Heb. x. 36,	105
3. A New Year's Wish,	106
4. Who Will Come?	108
5. Hymn on the late Mr John Grant,	111
6. Farewell to Strathspey,	113
7. A Hymn for Christians,	116

[TD 3]

<gai>
LAOIDHEAN SPIORADAIL.

GRADH CHRIOSD.

<eng>AIR<gai>—"Druimion dubh."

1.

Nach sona' 'n dream tha 'n làth' r na Morachd?
 Ann an àros òirdheirc shùas;
 Faicinn gnùis an Ti is Glòrmhoir,
 Snamh an sòlasan bith-bhùan.

2.

Tha 'n t-òran binn, tha iad a seinn,
 O'n fhùair gu cinnteach iad a bhùaidh:
 Is, se a bhrigh, toirt cliù gun chrìch
 Do Righ na sith a chreach an ùaigh.

3.

'S an dream da-rìreadh, tha na 'm firean,
 Direach, dileas, iosal, stuaim';
 Se suim an òran s' tha na shòlas
 Dhoibh, 'sna cheòl an tigh an cùairt.

4.

An so le mòran cradh is leònadh,

'S tric iad brònach, 'n ait bhi seinn:
Gidheadh tha iartus ac an còmhnuidh,
Bhi toirt glòir do Dhia gach linn.

5.

Tha 'n suilean tric a sileadh dheòir,
'S an cridh leòint' sa chogadh chrùaidh;
An deuchainnean, sa 'n eagal mòr,
A gleachd' ri feòil, ri Satan, 's ùaill.

[TD 4]

6.

Ach measg nan trioblaid' so gu léir,
An gràdh Mhic Dhé, ni 'n anam tàimh,
Le sùil a chreideamh nuair is léir—
An fhuil 'o chréuchdaibh taomadh bhàn.

7.

An so tha gràdh gun cheann gun sàmhlaigh
Nach gabh rannsachadh gu bràth;
Oir siorruidheachd cha leòr gu fhéuchainn
Fhad, a léud, a dhoimhne, 's àird.

8.

Oir ma'n robh talamh ann na néamhan,
Ma'n robh crèutair ann, na tim;
Ghleidh an gràdh so do na tràillean
Rathad teàrnaidh ann 's gach linn.

9.

'San latha dhorch sna chiontaich Adamh,
Anns na bhàsaich e gu trùagh;
Se so an Gràdh thug gealladh gràsmhor—
Dha dheth Shlànuighear nam bùadh.

10.

Na h-iobhairt, samhlachan, is sgàilean,
Bh'air an àithneadh do na h-Iudh' ch;
Gu léir bha samhlachadh an T-Slànuighear,
'S doimhn' a ghràidh nach d'teid air cùl.

11.

Is Dh'innis Fàidhean 'n iomadh àitean,
Anns na làithean, tha o chian,
Cia mar thigeadh beatha, 'slàinnte,
Troimh an T-Slànuighear, o Dhia.

12.

Bu mhòr an sòlas, is an àoibhneas,
Troimh an fhòillseach thugadh dhoibh;
Air mais' an Righ, is glòir na Rioghachd,
Bha gu steidheachadh air gràdh.

13.

Is tric rinn geatan Shion sòlas,
Beachdach comhlath air an là;

[TD 5]

'San gabhadh Iosa fuil is feòil,
Sa'm faicteadh mòralachd a ghràidh.

14.

Is uairean chùalas Sion 'g ùrnuigh,
Gu mo chòmhnhadh, "thig m' Aon ghaoil;
Is bi mar elid, na mar fhiadh,—
Air beanntaibh briagh na'n spiosraibh càoin."

15.

Ach ruith an ùine gus an d'thàina'—
'N 't 'am 'san éireadh Ghréin air dàoin',
Sa'm baile Dhàibhidh, féuch, an T-Ard Righ!
Air a bhreith 'san stàpull fhaòin.

16.

An so le ionghna' chi do shùilean,
Righ na'n dùl na leanabh màoth!
Gun mheas, gun àilgheas, is gun fhàrdaich,
Nuair a thàinig E do'n T-Sàogh'l.

17.

A Bhethelém 'n sin is leir dhuinn;
Gliocas néimh, is gràdh bith-bhùan,
Iehobhah gabhail còmhnuidh 'm feòil
A chum gu glòir gu readh' a shlùagh.

18.

Tha ainglean, néimh le h-aoibhneas binn,
A teachd a dh'innse' an naigheachd bhùan;
Deagh ghean do dhaoine tha iad seinn,
Is glòir do Dhia, is sith da shlùagh.

19.

Is faic na Buachaillean le ionghna',
Teachd a dh'àoradh Dha gun dàiil;
Is daoine glic a tuiteam sios,
A 'g aideach Ios, sa tabhairt Dhà.

20.

Is dh' fhàs e sùas mar Mheanghan cùradh,
Fallain, ùrair, ciùin, is séimh,
Ro iochdmhor, càirdeil, truasail, gràsail,
Caomhail, slànachadh gach dream.

[TD 6]

21.

Ach fad a chuairt air feadh na fàsaich,
Chaidh a shàrachadh gu trùagh;
Na dhuine brònach, cleachdt' ri dòruinn,
Nios o òige, h-uin' na h-ùaigh.

22.

Fa dheoigh tha 'n t-àm air teachd chaidh òrdach'
Chum na fiachan mòr bhi paidht';
Is éigin Dàsan nis am páidheadh!
Neo'gu bràth a shlùagh bhi caillt'!

23.

Ach faic anis E anns a Ghàradh!
'S Dia air fhàgail! aobhar bròin,
An cùpan ud ga chuir na làimh,
A chorp ga fhàsgadh, 's anam leòint'.

24.

Is faic E tuiteam air a ghlùnean,
Righ nan dùl, se 'n t-iongnadh mòr!
S'e 'n cruaidh ghleachd anam ann an ùrnuigh,
'S fhallas brùchda, 's crith air fheòil.

25.

Is faic a nis E s'e air àllach,*
Seall a nàird ris air a chrànn;
Tha 'n sealladh ùamhasach ro-àrd-
S'gu la do bhàis cha 'n fhaic thu shàmh'l'.

26.

Is chi thu chorp an croch' air iarunn,
'S fheoil ga spionadh o' na cnàimh'-n;
Is lasair dhian, do chorruich Dhia-
Dol troimh mar iarunn ann an àmh'-nn.

27.

Deich mile muillean uair na's dìan,
Tha corruch Dhìa na Anam Naomh!
Ga fhàsg', ga phasgainn, is ga phìan',
Oir fhuair e siorr'-dheachd ann sa chùp.

28.

Chi thu 'n aghaidh chaoimhneil, thruàsail,
Tional néul, is snùadh a bhàis;

<eng>* Eng., "Nailed."<gai>

[TD 7]

A chridhe bùaladh, 'theangaidh glùasad
"Athair thrùasail, maith e dhoibh."

29.

Am b'iongantach ged chrith na sléibhteann,
Ged a réub na creagan crùaidh;
Cha b'urra' Ghrian bhi toirt fianuis-
Air a ghniomh so rinn an slùagh.

30.

Bha daoine 's deamh'nan air a thòir,
Ga lot, ga leònadh leis gach trùaigh;
'S cha d'fhuair e fois ach gus na bhàsaich,
'S chaidh a chàramh anns an ùaigh.

31.

Ach mhìll e 'm bàs, is bhruth e Sàtan,
'S dh'eirich nàird, le cumhachd mòr;
Is chreach e 'n ùaigh, is thug e bùaidh,
Is chaidh e sùas, na Righ na glòir.

32.

An iongantach ged bhithheadh na h-àinglean
Beachdach dòimhneachdaibh a ghràidh' s'.
Ach O! a rannsach leo cha 'n fhàodar,
'S gàol neo-chriochnach e gun tràigh.

33.

Oir ged robh aghaidh Mhoir an T-sàoghalil—
Uile sgàoilt' na chomhnard réidh,
'Se air a sgriobhadh, 's beag a dh' innseadh—
E da rìreadh 'ghaol Mhic Dhé.

CUMHACHD DHÉ NA FHREASDAL.

<eng>AIR<gai>—"La Bhreithanas"—<eng>by DOUGAL BUCHANNAN.<gai>

1.

Cia glòrmhoir, àluinn iomlan Dia
Tha lionadh talamh 's néamh gu léir;

[TD 8]

Tha Uile-chumhachdach an gniomh,
Tha siorruidh beannaicht', glic is tréun.

2.

Se chruthaich, is a shocraich Néamh,
Sna h-uile crèutair naomh a thànn;
Sann Dàsan tha iad tabhairt cliù,
Toirt moladh, ùmhachd, agus gràdh.

3.

Le focal tréun a chumhachd mhoir,
Gu bith, 'o neo-ni, ghairm an saogh'l,
A Ghrian, sa Ghealach, 's reultan mòr,
Thug reachdan, 's òrdugh, dhaibh mar-aon.

4.

Le chumhachd tha iad cummta sùas,
'S iad ùmhail Dha, o fhùair am bith;
'S iad féuchainn dealradh mòr deth Ghloir,
'S deth mhais' ro-òirdheirc, dhoibhs a chi.

5.

Roimh achmhasan biodh 'n cruinne-cé,
Air chrith gu léir mar dhullich craobh;
A sgealbadh, sgoltadh, clisgeadh, léum;
Le uamhas réubadh air gach taobh.

6.

Le guthan tréun a thairn'ich mhoir,
'S le dealanach, feadh neòil a ruith;
Bithidh fuaim sna spéuran; mar gu biodh—
A chruitheachd tabhairt sùas a bith.

7.

'N tra dh' àithneas E, grad dhorchaidh 'n spéur,
Is folachidh Ghréin gu tur a gnùis;
Na neoil a filleadh, tional grùaim,
'S e teirinn nùas, ri barr nan stùc.

8.

Le chumhachd dùisgidh 'n doinion mhòir,
Is seididh ghaoith le anradh gàrbh;
A spion' na'n craobh, a réub na'n sliabh,
A leagadh sios, toirt leis air fàlbh.

[TD 9]

9.

'N sin bέucaidh 'n cùan, is crithidh 'm fònn,
Is eiridh thuinn, le atadh gàrbh;
Le on-fha buiridh, leumaidh sùas;
'S iad goil le bàaireas, fiadhaich, gàrg.

10.

Se shuidheas fòs air cuairt na'n néimh'.
'S da shuilibh 's léir gach ni san T-Sàogh'l;
Se Mharcaicheas, air sgiath na gaoith,
'S na neoil, sa ghaoith, fo chosaibh sgàoilt.

11.

Se dh'fhosglas tobraichean na doimhn'
Is uinneagan na nēimh maràon;
Se thaomas uisg', 's clach-mheallain nùas,
Sa thogas sùas am Bogha bràoin.

12.

Gach ni sa chruitheachd ullamh thà,
Feitheamh air àithn's a chuir an gniomh;
A ghaoth, an tein', an t-uisg', a phlàigh,
An claidheamh, 'm, bàs, a ghoirt, a ghrian.

13.

Le uisg' do bhàthadh leis an sàogh'l,
Is doinion thein' air Sodom thaom;
A phlàigh a sgrios nuair chunnt e 'n slùagh,
Sa Ghoirt thug bàaidh gu tric air dàoin.

14.

Is thig an latha 's chi sinn è,
Sa 'm bi na spéuran teich' air fàlbh;
San leagh na beanntaibh sios mar chéir,
'S bidh 'n sàogh'l gu léir na lasair dhearg.

15.

Nach sonadh, beannaicht', tear'nt', an dream!
A fhuair na'n éucairt, maitheanas;
Sa fhuair da n' anam dion, is sith,
Fo sgail an Ti, tha cumhachdach.

16.

Nach maith do'n dream a dh'aidich Criosc,
Sa leanas E gu fior ri 'm beò!

[TD 10]

Ni Es' an aideach, is an dion.
An làthair Dhia, san latha mhòr.

17.

Nach trùagh an dream a tha gun Dia,
Gun fhois, gun dion, da n'anam leòint'?
'S nach gabh iad comhairl', ann an tim,
Is teich 'gu Ios, is mairsinn beò.

18.

Se so an t'àm, se nis an ùair,
Gu teicheadh dh' ionnsuidh 'n Uan, o'n bhàs
'S ge be a thig da ionnsuidh 'n tràth's,
Cha tilg e tàireil e gu bràth.

SLAN LEIBH.

<eng>AIR<gai>—“An Dachaидh Bhuan”—<eng>by P. GRANT.<gai>

1.

Ochòin a chàirdean sa luchd mo ghàoil,
Tha dol ga'm fhàgail san àits' do'n t-sàoghal:
'S tha nis an òrdugh, is deas gu seòladh,
Thar cuantaibh mòr, agus mòran chàol.

2.

Sar bhuàidh gu bràth leibh s gach àit am bi,
'S gu d'thoir an T-Ard Righ sibh teàruinnt tir;
'S gu faigh sibh càirdean, a nochdas gràdh dhuibh
Is moran fàbhor, gu àm 'ur crìch.

3.

Mo bheannachd dhùrachdach oirbh gach ùair,
Sa'n Ti is Naomh gun robh leibh gu buàn;
Oir se mo dhùrachd, mo ghuidhe, 's m' ùrnuigh,
Gu 'm bi sibh ùmhal do dh' Ios nam bùadh.

4.

Le creideamh beò deanaibh greim air Criosc,
Chum bhith na phòrsan da'r n' an'm gu sior;
Is bheir e teàruinnt sibh troimh an fhàsaich,
'S nuair thig am bàs ni E sibhs a dhion'.

[TD 11]

5.

Na cuiribh dochas an ni fo'n ghréin,
'S na gabhaibh taimh, do bhur n' anam féin,
Ach gus am bi sibh, fo dhion fuil phriseil,
Fo dhion fuil phriseil, fuil fhior Mhac Dhé!

6.

Oir dh' easbhuidh còir a bhi agaibh ànn—
San obair chriochnaicheadh air a chrànn;
Cha 'n eil sibh sàbhaitl, 's ma thig am bàs oirbh'
Sann bhios sibh bàit' ann an truaigh' gun cheànn.

7.

An dean sibh tàir air an T-Slan'-ghear chàomh?
A ghabh ar nàdur, 's thainig do'n t-sàogh'l;
Sa dh' fhulinn càineadh, is masladh gràineil,
Sa thilgeadh tàireil, le tràillean dhàoin'!

8.

So'n Ti a riàraich a Cheartas ghéur,
Is dh'ol E siorr'-eachd do chorruich Dhé,
S' dh' fhulinn piantaibh, o'n t-slochd gun iochdair;
'S tha nis a riaghladh, gu h-ard air néamh,

9.

A chairdean gràdhach ris bithidh réidh,
'S na deanaibh tàir air, ach thugaibh géill,
Is gheibh sibh gràs uaith', is gheibh sibh fhàbhar,
Is geibh sibh Phàras, is làithreachd Dhé.

10.

O cuiribh cùl ris na h-uile peac'
Is iarraibh seoladh o Dhia na'm feart;
A chum 'ur treòrach, san t'slighe Glòrmhoir,
Sa'm faigh sibh sòlas, toirt geill da reachd.

11.

Seadh iarraibh còmhnaidh an Spiorad Naomh,
A chum 'ur treòrach gu fuil an Aon;
A Ghlanas ùaibhse, gach peac' is trùailleachd,
'S Bheir dhachaidh sùas sibh do'n àros nàomh.

12.

Ach feuch nach meall sibh ar n' anam féin,
'S nach d'thoir sibh càll air is cradhan géur;

[TD 12]

Le bhi cur dòchas an cleachdan, 's òrduighean,
An ait' bhi pòsda ri Criosa Dhé.

13.

Slan leibh a chàirdean, tha n' dealach ànn!
Ach beagan làithean bheir iad gu ceànn—
Gach bròn is sàruch tha ann sa'n fhàsaich,
Is gheibh na h' àilleagain' crun ma'n ceànn.

LAOIDH DO'N SPIORAD NAOMH.

<eng>AIR<gai>—"La Bhreithanas"—<eng>by D. BUCHANNAN.

(Partly—a Translation.)<gai>

1.

O anail bheò an Spiorad Naomh,
Thig, séid gu caòmh air m'anam trùagh;
Is soillsich m'inntinn, 's leagh mo chrìdh,
Le gradh do'n Ti thug mach a bhùaidh.

2.

O Spiorad òirdheirc cluinn mo ghlàodh,
Air sgàth an Righ a chreach an ùaigh;
Na t'fheartaibh cumhachdach, is beò,
O Spiorad Ghlòrmhoir, thig a nùas.

3.

O thig mar sholus,—chum gu 'm féuch—
Dhomh féin mo neo-ni'achd, 's mo thrùaigh,
Is seol mi ann san t'slighe, Dhé,
Sa meal mi réite trid an Uan.

4.

O thig mar theine, 's glan mo chrìdh',
On h-uile trùailleachd mhillteach th'ann;
Dean m'anam taitneach tre an Ti,
Thug Féin na iobairt air a chrànn.

5.

O thig mar dhruchd, le beannachd ùr,
Ni taiseach, ùrach, agus blàths,

[TD 13]

Mar Hermon fasaidh m' anam ùr,
S gu siorruidh cliùthachidh do ghràs.

6.

O thig mar ghaoith, is cuir am fàng,
Air la na Cunguis fos mar rinn:
Mar sin air anaman dean sa'n àm's,
'S gach baile, gleànn, is duthaich chéin.

7.

O thig mar shaighead, bior an crìdh—
Tha goil le mi-run, olc' is fùath;
Is thoir gu géill do Righ na sìth,
An dream tha clì, am measg gach slùagh.

8.

O thig mar lasair, is ath-nùadhaich—
An duin' a fhùair bhi fada beò,
Sa bhuanach ann sna cleachdaibh trùagh,
O! teasruig ma'n d'thoir sùas an deò.

9.

O thig mar chumhachd, teasruig, dion,
An dream tha òg an rian an t-saogh'l
Air neo sann ni iad dol gn dian,
Sna slighean fiara, peacach, clàon.

10.

O thig a Spioraid ghlòrmhoir àrd,
Is dean dhuit àit' an cridhe dhàoin,
Tha fathast uaibhreach, borb a fàs,
'S tha cuir a bhàis, sa ghath gu fàoin'.

11.

A Spioraid Naoimh, O thig gun dàil,
Do shaoghal sàruicht' caillt' gabh trùas;
A chum an toirt a liontaibh bhàis,
A dh'ionnsuidh 'n T-Slànuighear thig nùas.

12.

O Soillsich, beothaich, neartaich, dion,
An dream ri Criosda leig an taic;
A chum gu glùais iad ma' ri Dia,

San t-solus Fhior, a reir a reachd.

[TD 14]

AN CRIDHE BRÙIT.

<eng>AIR<gai>—"An Dachaидh Bhuan"—<eng>by P. G.<gai>

A CHEUD CHUID.

1.

Tha mise brònach is tùrsach tinn,
Airson cho gòrach sa chaith mi 'n tim,—
A chaidh a dheònach le Righ na glòir dhomh
Gu ruig an lò anns an d' fhuair mi sith.

2.

Nis tha mi n' dòchas gu faigh mi tir,
Tre chreideamh beò ann an Righ na sìth;
S' gu d' fhuair mi tràcair, air sgath mar dhòirt E—
Fhuil phriseil, ghlòrmhoir, air Calbhari.

3.

Ach 's aobhar bròn dhomh is rugha' grùaidh,
An làth'r Iehòbhah sa 'n làth'r a shlùaigh—
Gach comhairl' dhùilt mi, 's gach la a mhùch mi,
An Spiorad Naomh ma san d' thug e bàidh.

4.

A roghnach dòruinn roimh shonas bùan,
Is bhrosnaich Sàtan mi iomadh ùair—
Gu briseadh Sàbaid, gu mionnan, càineadh,
Is peacaidh gràineal, tha grànnidh ri 'n lùaidh.

5.

Mo chridhe aingidh, an aimhleas dealbh,
'S e làn do naimhdeas, do dh' fhuath, 's do cheilg,
A goil le bùairibh, le morchuis, ùabhar,
Och! 's mi an trùaghan tha toiltinn feirg.

6.

Cia minic éigh a chuir è mo chlùais?
Cia tric a ghéill mi dha O! mo thrùaigh?
'S e ga mo threòrach 's mo shuilean còmhduicht',
Gu furnais Thòphet tha domhain trùagh.

7.

Cia tric a mhùch mi a choguis fhior?
Cia tric a chiùrr mi, sa lot mi Criosd?

[TD 15]

Cia tric a dh' éigh mi, 'sna neamhan g' eisdeachd
Le m' ghniomhra, céus E, mor easbhuidh ciall.

8.

Cia tric a chàmpaich mi san tigh òsd'?
Cia tric a dhànns mi an tigh a cheòil?
'S mo choguis g' innseadh airson gach ni dhiubh,
Gu 'n d' thugadh Dia mi gu peanas mòr.

9.

Cia tric a léugh mi am Piobull féin?
Is s' iomadh bréug rinn mi 'n lathair Dhé—
A gealltann imeachd a reir na Firinn,
'S gu deanainn sith ris, 's gu m biodh sinn réidh

10.

Ach 's minic dhìbir mi ann sa chéums',
'S do n' pheac bu mhìlltich sann bheirinn géill,
'S mi radh le m' ghlùasad, thuimeachd ùamsa,
'S nach biodh tu t' ùachdaran ormsa féin.

11.

O! doimhne tràcair, is maitheas Dé,
A chum mi beò 'n deigh sud gu léir;
Sa thug na thròcair, dhomh sealladh glòrmhoir,
Do 'n Ti a dh' òrdaicheadh leis mar réit'!

12.

O Manam gràdhaich, is beannaich Criod,
Is earb gu bràth ris, cha d' fhàilinn riamh;
Thoir urram àrd Dha, thoir caidreamh bhlàth dha,
Oir ann na fhàbhair tha beatha shior.

AN DARA CUID.

13.

Ach O! is brònach an ni ri lùaidh,
Gu 'm bheil ro-mhòran am measg an an t'slùaigh;
Tha fathast gòrach, nach fhac an dòruinn,
'S nach do ghabh eòlas air Ios' nam bùadh.

14.

Is thusa léughadair rannsuich féin,
Is thus tha 'g éisdeachd, thoir aire ghéur;

[TD 16]

Am bheil thu 'g imeachd sna cleachdaidh millteach
A rinn mi inns' anns an robh mi féin?

15.

Ma tha, tha m' Piobul a cuir an géill—
Gu' m beil thu direach fo chorruich Dhé;
'S gu' m beil e 'm fearg riut fheadh's ni thu dearmad,
Air Ios' a dhearbhadh le amhgair géur.

16.

Is tha e 'g innseadh am briathraibh géur,
Nach teid gu siorruidh a h-aon do néamh—
Nach bi air iompach, 's nach ceus an seann duin,
'S nach gluais gu simplidh fo eagal Dé.

17.

A nis an éiginn do d' choguis inns'?
Nach eil thu féin air do bhreith a ris;
Ma 's eiginn smùainich, ciad e an trùaighe—
Da 'm beil thu bùailteach fheadh 's tha thu cli?

18.

An saoil thu chréutair nach bochd an nì?
Ma 's ann theid t' fhaotainn sa bhuidheann chli;
Saoil nach eil pian anns an lasair, Dhian ud,
Fo thuiltibh sìorruidh do chorruich Dhé?

19.

Saoil nach eil dòruinn a n' Ifrinne féin?
Saoil nach eil bròn ann, is sileadh dhéur?
Saoil nach eil fuàim agus gearan cruàidh ann?
Ochon a shluagh tre an Uan bith'dh réidh.

20.

Saoil nach bi sòlas, is sonas bùan?
Sann aig an àireamh thug gràdh da 'n Uan;
Nuair gheibh iad còir anns an aros Ghlorigh,
Sa'm beil Iehòbhah na chòmhnuidh shùas.

21.

Nuair bhios iad snàmh ann an cuan a ghàoil,
Sa seinn do t-Slànuighear rinn iad sàor;
Is Es' ga 'n treòrach gu tobair bheò-uisg'-
'S iad 'g amharc còmhlaith air glòir a ghuise.

[TD 17]

22.

Nuair bhios iad còmhdaicht', is crùn ma 'n ceann;
Air sraidean òr-glan, is pailm na 'n laimh;
O 's sona' an slùagh iad, tha fois bith-bhuàn ac,
'S choidh cha 'n fhùaraich an gradh sa 'n daimh.

23.

'N dean gradh do Dhìa na do t-anam féin?
'N dean deidh air siochainnt, is sonas nèamh?
'N dean eagal piantaibh, na curam siorr'teachd-
Do dhusg gu iarruidh, ma 'n d' thig an t-éug?

24.

Ach ged nach éisd thu an la na slàinnt',
Ged robh thu tréun, ann gniomh, sa 'n càinnt,
Nuair chi do shùilean, am Breitheamh, tùirlinn,
Bithidh tus fo chùram, air chrith, 's thu fànn.

25.

O tuig gur è nis do bhùanachd féin,
Thu dh' fhaotainn eòlas air Criosa Dhe;
Nis seall gun dàil ris, oir ann tha slàinnte,
'S cha dean e tàir ort, ge salach bréun.

MISNEACH DO'N FHEAR-THURUS.

<eng>AIR<gai>—"La Bhreithanas"—<eng>by P. G.<gai>

1.

A luchd turuis tha 'g imeachd
Dh' ionnsuidh tireachd Chanàan;
Biadh na mhisneach 's gach tìm dhuibh

Gur e Iosa an Slàn'-ghear;
Gur e fasgadh o'n t' sid E,
Bunait dileas nach fàilinn;
Didean daingeann nach glùais e,
Caisteal ùasal ro àrd e.

2.
Iochdmhor, gràdhach, is cairdeil,
Truacant', bàigheil, ro chàomh e:
Uasal, iriosal, gràsmhoir,
Macant', fàbharach, càon e;

[TD 18]

Cuireach, cumhachdach, gràsail,
Iomlan àrduichte, nàomh e,
'N comhnaidh ullamh gu teàrnadh,
'Choidh cha 'n fhàilinn a ghairdean.

3.
Caoimhneil, teo-chridheach, trùasail,
Nuair bha chùairt ann san t-sàoghal,
'S nis ge ard air dol sùas e
Bheag cha d' fhùaraich a ghàol duibh;
H-uile déuchainn, is sàrach,
H-uile cràdh, agus leònadh,
'S urrainn tachairt ri chàirdean,
Ni a Ghràsan an còmhnad.

4.
Ged is trùaillidh ar nàdur,
Salach, gràineil, is breòit i;
'N so tha Tobar ro-àluinn—
Ghlanas, shlànuicheas, còmhlath;
Ghlan i àireamh do-àireamh,
Do na tràillean a b' fheòlmhor;
'S thig da h-ionnsuidh mar thà thu
'S gheibh thu slànach ga leor innt.

5.
Tha mòran doille nar n' inntinn,
Es' gu cinnteach ni n' soillseach;
Moran cruas, air ar cridhe,
'S Es' an Leigh' ni iad aoibhneach;
Mòran laigs, agus teagamh,
'N so gun teagamh tha còmhnad
Moran buairean, is eagal,
'N so tha teagasg, is seòladh.

6.
Le moran curaman tìmeil
'S tric 'ur crìdh air an sàrach;
Ach tha fois 'o gach nì dhuibh—
Anns an Tì so a bhàsaich,

[TD 19]

Moran trioblaidean inntinn,
So gu cinnteach am Fàidh—
Ni ur teagasg, s'ur seòladh,

Ni ur còmhnad, 's nach fàg sibh.

7.

Tha mi-chreideamh, 's an-earbsa,
Tric ro-shearbh ga 'ur leònadh;
'N so tha creideamh ga tairgse
Sann gun airgiod 's gun òr dhuibh;
Uairean eag' lach gu m' fàilinn
Aig a bhàs sibh 'ur dòchas;
'N so tha cumhachd an Ard Righ
Chum 'ur teàrnadh 's ur glòrach.

8.

Ge falamh, féumanach, thusa
'N so tha trusgan na Bainnse;
Ni do lomnochd a chòmhach,
'S ni thu sòlasach, aoibhneach;
'S ged is innleachdach Sàtan,
Chum do shàrach, 's do leònadh,
'N so tha gaisgeach, se 'n T-Ard Righ,
'S thug do Shàtan ceann breòite.

9.

'N so tha tràcair, is firinn,
Ceartas, siochainnt, air còmhlach;
'N so tha tobair do 'n fhior uisg',
Ni 'n t-anam iotmor a shàsach;
'N so tha Bainnis a Phrionnsa,
'S iad na h-aoidhean a chàirdean,
Fion, is bainne ro-fhial ac—
Sa 'n Laogh biadht' chum an àrach.

10.

Sann tha dion, agus dòchas,
Solus, sòlas, is tear'nteachd;
Gradh, is creideamh, is eòlas,
Sonas, seòladh, is slànach;

[TD 20]

Sith, is fois, agus fàbhar,
Iochd, is blàths, agus còmhnad,
Fasgadh, fàs, agus slàinnte—
Anns an T-Slànuighear a còmhlach.

11.

Buanaich creidsinn na firinn,
'S beachdaich dìreach air Iosa;
Taicich t-anam gu dìlinn—
Ri fhìreantachd shiorruidhs';
Feuch nach cràdh thu le d' ghiùlan,
Is nach mùch thu le d' bhriathran—
'N Spiorad Naomh, ann na sheòlan,
Ann na threòrach, 's na iartuis.

12.

Armachd ghlòrmhoir an t-soluis,
Cuir gu còthromach suas i;
'S bithidh i féumail gach là dhuit,
Ach gu h-àrraidh 'n am bùairidh;

Thoir ùmhilachd do dh' àitheantan,
An t-Slànuighear a bhùadhaich,
Thoir do chridhe 's do ghràdh Dha,
'S Gheibh thu Phàras gu bùan uaith.

13.

'S nuair gheibh seilbh ann am Phàras,
'S crun ro àluinn bhios soillseach;
Chi thu aghaidh do Shlàn-ghear,
'S t-anam snàmh ann an aoibhneas;
Cha bhi trioblaid, na sàrach,
Cha bhi bàs ann na oidhche;
Gu siorruidh tuilleadh toirt glòir
Do 'n Tì thug còir dhuit na oighreachd.

GAIRM DO SHION.

<eng>Air—"Spread the Bible."</gai>

1.

Tha Ainglean naomh is aird 'am mòrachd,
Tabhairt glòir is cliu do'n Uan;

[TD 21]

'S nach d' thoir iadsan rinn e shàoradh,
Dhasan gàol is moladh bùan;
'Shion éirich, umad t'éididh.
Crath thu féin 'o dhus 's 'o lùath.

2.

Cluinn an toirm tha measg na 'n òighean
Tha aig suipeir pòsaidh 'n Uan;
Tha 'n taobh thall do'n h-uile dòruinn—
Seinn an còmhnaidh 'n òran nùadh.
'Shion éirich, umad t-éididh,
Crath thu féin 'o dhus 's 'o lùath.

3.

Faic an gàirdeachas ro-àraidh—
Tha a ghnàth aig Ainglean Dé;
Le bhi faicinn Chriosd air àrdach
Agus peacaich dhàsan géill',
'Shion éirich, umad t-éididh,
Ruith an réis, is gleidh an fhéill.

4.

An urrainn pobull Dhia bhi sāmhach?
Cliu a Mhòrachd gun bhi lùaidh;
Nuair tha ghairdean mòr ga shineadh,
'Spiorad 'g iompachadh an t-slùaigh.
'Shion éirich, umad t-éididh,
Crath thu féin 'o dhus 's 'o lùath.

5.

'S fada bha do gheatan brònach,
'S beag a dhòmhlaich iad do 'n t-slùagh;
'S beag a dh' aidich ainm ro-òirdheirc
'S lugh' a ghlòraich E, gu 'n ùaigh.

'Shion éirich, umad t éididh.
Crath thu féin 'o dhus 's 'o lùath.

6.

Faic le sòlas mar tha 'n fhìrinn—
Nis, a direadh 's tighinn os 'naird;
Pairteach sonas, beath', is siochainnt—
'Measg na 'n iochdaran 's na 'n ard.

[TD 22]

'Shion éirich, umad t-éididh,
Nochd thu féin air taobh a ghràis.

7.

Faic an dream a bha gun chùram—
Air an dùsg' le anail bheò;
Air an àonadh ri 'm Fear-Sàoraidh
'S iad na 'n càorich nis na chrò,
'Shion éirich, umad t-éididh,
Nochd thu féin a t-armailt bheò.

8.

Faic an dream a bha mi-chreideach,
Cruaidh mar chreagan, allaidh, dān;
Air an lotadh, caoidh, a 'g osnaich,
Chreid an Soisgeul 's fhuair iad slàinnt,
'Shion éirich, umad t-éididh,
Feuch nach géill thu fein do shànnt.

9.

Faic an dream a bha gun eòlas—
Air an dòruinn, na air Dia;
Air an soillseach, air an treòrach,
Nis a chòmhnaidh 'm baile dion.
'Shion éirich, umad t-éididh,
'S feuch gu 'n crùn thu fein do Righ.

10.

Faic an dream bha dall is górrach,
Diomhain, feòlmhor bòsdail, cli;
Air an gluasad, air an seòladh,
Air am pòs' ri Righ na 'n Righ,
'Shion éirich, umad t-éididh,
'S feuch gn 'n crùn thu fein do Righ.

11.

Faic an dream bha uaibhreach, spéiseil,
Naimhdeil, féineil, borb, is àrd,
Air an isleach, striochda, géilleadh—
Dhas' a chéusadh ann nan àit.
'Shion éirich, umad t-éididh,
Seachain éucoir 's na bi àrd.

[TD 23]

12.

Faic an cealgair air a rùsgadh,
'S anam brùchda mach le bròn;
Na lannan tuiteam bharr a shùilean,

E ag ùrnuigh, 's Dia na chòir,
'Shion éirich, umad t-éididh,
'S thoir gach géill do Chriosd, is glòir.

13.

Faic am mionntair mor sam misgear,
Choinnich tric an tigh an òil;
Air an glac' an lion an t-Soisgeul,
'S air an coisinn mar bha Pòl.
'Shion éirich, umad t-éididh,
'S tabhair géill do Chriosd ri d' bheò.

14.

Chi thu cuid a shleamhnaich chodail—
'N deigh dhoibh aideach ioma bliadh'n';
Air an aisig dh' ionnsuidh slàinnte,
Deaneamh gàirdeachas an, Dia
'Shion éirich, cuimhnich Démas,
Seachainn féin na céuman fiar.

15.

Faic an dream a bha ga 'n sàrach,
Lan do chràbhadh fuar, is sgleò;
Air an rusgadh dheth na sgàilean,
'S iad le gràs air tighinn beò,
'Shion éirich, umad t-éididh.
Lean E féin, 's cha bhi sa cheò.

16.

Faic an dream tha òg an làithean—
'N ait bhi sàsachadh gach miann;
Iad a geilleadh tra do 'n T-Slàn' ghear,
Air an Teàrnadh, 's iad fo dhion.
'Shion éirich, umad t-éididh,
'S fuirich féin sa Bhaile Dhion.

17.

'S chi thu cuid a bha ga 'n sgriosadh—
Dha, na tri, a dh' fhichead bliadh'n',

[TD 24]

Air an iompach, 's air an tionndadh;
Gu bhi gràdhach, 's leantuinn Chriosd.
'Shion éirich, umad t-éididh,
'S feuch gu 'n géill thu fein do dh' Ios.

18.

Se pairt ro-bheag do dh' obair mhòr—
An Spiorad Naomha bha mi luàidh;
Ann bhi dùsgadh, soillseach, treòrach,
Anaman górrach 'o gach trùaigh,
'Shion éirich umad t-éididh.
'S gluais gach céum na sheolan buàin.

19.

Shion éirich, seinnsa cliù dha,
Is bi 'g ùrnuigh ris gach lò:
Gu 'n d' thig fheartan nuas gu drùidhteach—
Thaiseach, dh' ùrach', 's thabhairt beò,

'Shion éigh ris, sgāth na h-éiric,
Creid gu 'n éisd E, 's gheibh thu treòir.

20.

Na bi cadalach a t-inntinn,
Na bi sgith dheth thigh'nn na làth'r;
Feith aig ursannan a sheòmar,
'S beanneachd shònruicht' gheibh gach là,
'Shion éirich, umad t-éididh,
Soillsich, féuch dhuinn glòir a ghràis.

21.

Nach d' thoir thu glòir is cliu do Dhia?
Thug seachad Ios a chum a bhàis?
Cheannaich t-anam, theasraig, dhion thu,
Ceartas riaraich ann a t-àit,
'Shion éirich, umad t-éididh,
'S lean E féin gu la do bhàis.

22.

Cluinn e 'g osnaich, faic a lotan,
'S e an crochadh air a chrànn;
Dia ga thréigsinn, Es' ag éigheach'!
Creagan réubadh, air gach làimh,

[TD 25]

'Shion éirich, coimhead géur ris,
'S ni e féum dhuit anns gach àm.

23.

Beannaich, cliùthaich, lean gu dlù ris,
Dha thoir ùmhlaichd fhallain, fhior;
Cudthrom t-anam leig air Iobairt,
'S ni le fhireantachd do dhion.
'Shion éirich, umad t-éididh,
'S na bi féineil na gun chiall.

24.

Gach anam beò aig bheil lòchran;
Dol an còmhail bas, is ùaigh;
Ac tha féum an cor a rànnsach,
Bunait meàllt! tha càlldach trùagh.
'Shion rànnsuich, oir aig àmsan,—
Ni do rànnsach Dia nan slùagh.

COMH-FHURTACHD.

<eng>AIR<gai>—"Bas an Aingaidh"—<eng>by P. G.<gai>

1.

A shluagh a dhùisgeadh le cumhachd Dhé,
Sa chuir e dh'ùrnuigh, is ris an d'éisd;
'S tre chreideamh shlàinnteil, sa 'n Ti a bhàsaich,
Tha 'n duil ri Phàras nuair, thig an t-éug.

2.

Ged robh sibh sàruicht' le ioma' leòin,
Mar iads tha 'm Phàras, nuair bha sa 'n fheòil;

Le buairean Shàtan, tha cronail làdair,
'S tha ciurrail, cràiteach, do 'n chridhe leòint'.

3.

Ged robh an saoghal a teicheadh ùaibh,
'S 'ur cairdean gàolach, a dol sa 'n ùaigh,
'S sibh air ur fàgail leibh fein san fhàsaich,
Gun chuid, gun fhàrdaich, ach falamh fuàr.

4.

Tha 'n t-olc a strì ruibh air ioma' doigh,
Air thi bhur crìdh' thoirt 'o Righ na glòir;

[TD 26]

Sa 'n fheoil a 'g iarruidh, bhi air a riach,
Sa h-anamhiannan tha fathast beò.

5.

Sa 'n làn do thruailleachd tha fo' ar cleòchd,
Sa 'n inntinn ùaibhreach, an cridhe reòt;
Tha salach cealgach, is uairean feargach,
Tha so gu dearbh dhuinn na aobhar bròn,

6.

Tha e da rìreadh na chogadh mòr,
Bhi 'n comhnaidh strì sann ri fuil, is feòil;
Ach sann do 'n ti sin bheir buaidh, tha 'm Piobull—
A gealltainn firinneach, crun na glòir.

7.

Ged tha sibh sàraicht' mar so san t-sàogh'1,
Tha 'n Caraïd làdair, da 'n d' thug sibh gàol;
'S tha chridhe blàth, agus iochdmhor, càirdeil,
Is tha e pàirteachadh gràs gu sàor.

8.

Ged tha sibh féumanach, lag, is trùagh,
Se Ios a chéusadh, sa luidh san ùaigh:
Ach se a dh' éirich, 's tha cumhachd Dhé aig,
Sa mheud sa 's tréud dha, bheir iadsan bùaidh.

9.

Se so an Ti chosainn sith da shlùagh,
Le fhuil ro-phriseil a thoirt na 'n lùach;
'S le iads bhi dileas dha 'n cois na firinn,
Bheir Esan tir iad an sonas bùan.

10.

O'n s'Easan 's dìdeann, sa 's tearmunn ànn,
O bithidh dileas dha anns gach àm;
Is leanaidh dlùth ris, is biodh ar sùil ris;
'S ni Eis an t' iul dhuibh nuair bhios sibh fànn.

11.

Is gliocas iarraighe 'o Dhia 's gach àm,
Oir 's toigh leis riach a thoirt da chlànn;
So comhairl' fhéumail an Abstoil Shéumais,
'S nach gabh sinn féin i dol tre na ghleànn.

12.

Rannsaichidh cùramach focal Dè,
Is bithidh 'g ùrnuigh le durachd ghéur,
Airson gach ni gheibh sibh sgríobht san fhirinn,
A fhuair na fireana chum am féum.

13.

Is leanaidh céuman an dream thug bàidh,
Is armachd Dhé cuiridh oirbh gach àuir,
'S nuair theid bhur féuchainn, le ioma' déuchainn,
Ni 'm bas gach éucail a ghlanadh ùaibh.

14.

Ach feuch nach géill sibh, 's nach d' thoir sibh spéis,
Do 'n phuinsean ghéur sin rinn Ios' a chéus',
Ach thugdaidh fùath dha, 's na leigidh bàidh leis,
Is teichidh uaithe le crith is oillt.

15.

Nis tha mi 'n dòchas a chairdean gaoil,
Gu 'n iar sibh seòladh an Spiorad Naòmh;
Gu 'n lean sibh 'n Slàn-ghear, 's gu 'n d' thoir sibh gràdh dha,
Dh' aindeoin gach sàrach thig oirbh sa 'n t-sàogh'l.

16.

'S tha 'n la a dlùthach' sa teachd gu lùath,
Sa'm faigh sinn sàorsa o'n chridhe chrùaidh;
Sa'm faic sinn glòir, agus mais' Iehòbhah,
Sa 'm bi sinn còmhlaith a seinn do 'n Uan.

BAS CRIOSDUIDH ÒG.

<eng>AIR<gai>—"Gu ma slan a chi mi, &c."

1.

Mo chridh' is 'm fheoil tha fàilinn,
'S mi 'n làimh an teachdair fhùar;
Mo neart 's mo threoir ga 'm fhàgail,
'S mi teàrnadh sios do 'n ùaigh;
Mo chaomh luchd-gaoil, 's mo chàirdean,
Ga 'm fhàgail aig a bhrùach,
Ach 's iochdmhor caomh mo Shlàn-ghear,
Le gràs thug dhomh a bhùaidh.

2.

Tha m' fhuil 'o m' chuislibh fùarach,
Mar fhùachd an latha reòt';
A taineach, lagach, glùasad,
Ma 'n càirt sa chopan òir.
Cha 'n fhada gus nach glùais i.
Sa 'n d' thoir mi sùas an deò;
Ach s' iochdmhor caomh mo Shlàn-ghear,
'S tha ghràs dhomh ùr gach lò.

3.

Mo chlaisteachd tha ga 'm fhàgail,
Is m' anail geàrr gu leòr;
Mo lùth a teicheadh dlùth uam,
'S mo shuilean tional sgleò,
Gach buaidh am chorp tha fàilinn
Sa' m bàs a teachd am chòir;
Ach 's iochdmhor caomh mo Shlàn-ghear,
Tha teàrnadh m' anam beò.

4.

Cha duilich leam bhi fàilinn,
Sa fàgail gleann na 'n deòir;
'S cha 'n eagal leam am Bàs nis,—
Oir tha mo Shlàn-ghear, beò,
Cha n' fhaodair leis mo chiùrradh,
On chiùrr e Es' am àit',
'S nach iochdmhor caomh and Tì so?—
Rinn teachdair' sith do 'n bhàs.

5.

Thoill mi airson m' eas-ùmhachd—
Bhi dùint' am peanas mòr;
Mo chainnt mo ghniomh s'mo ghiùlan,
Bha toilltinn diùm is bròn;
Ach ghiùlan Criosd gu chùl e,
Sa' chùpan rinn e òl;
'S nach iochdmhor caomh mo Shlàn-ghear?
A shlànaich m' anam leòint'.

6.

S'o n' rinn e m' anam shlànach,

[TD 29]

Sann Dhàsan bheir mi' ghlòir,
Cha b'airidh mi air fhàbhar,
Se ghràs a thug mi beò;
Is chum e suas air làimh mi,
Neo dh' fhàilnichinn gach lò;
'S Nach iochdmhor caomh 'm Fearsàoraidh?
Thug gàol dhomh 's mi gun treòir.

7.

Nis slàn le truailleachd nàdur,
A shàraich mi, sa leòn;
Le smuaintean olc is gràineil,
Le trioblaid, cràdh, is bròn;
Slan le inntinn thalamhaidh,
'S le chridhe cealgach reòt';
Oir Ios mo chaomh Fhearsàoraidh
Thug sàorsa dhomh is treòir.

8.

Slàn le uabhar 's fàramad,
Le ceàlgaireachd, is stri;
Le feinealachd, is mòr-chuis,
'S tric brònach rinn mo chri',
Nis slan le tinn, is éuslaint',
Is ēucailean na tir;
Oir Ios' mo chaomh Fhearsàoraidh

Thug sàorsa dhomh, is sith.

9.

Nis slàn le gleann na 'n deòir so,
'S gach sòlas faoin' a th' ànn,
Is slàn le biadh, is àodach,
Cha 'n iarr mi àon diubh thàll.
Is slan le corp a bhàis so,
Gach la a bhà ga 'm chràdh,
Is gloir gu bràth do 'n t-Slàn-ghear,
Nach d' fhàilinn dhomh a ghràdh.

10.

Nis slan le càirdean gaòlach,
Tha tamh an sàogh'l na 'n deòir;

[TD 30]

Le Peathraighean, is Braithrean.

Is Pàrantan, tha beò;
Bu chaoimhneil, iochdmhor, càirdeil,
Bu gràdhach bha sibh dhomhs,
Ach 's fearr, dhomh nis mo Shlàn-ghear,
'S gur e amhàin m' Fhear pòsd'.

11.

Ged tha mi ga bhur fàgail,
Na bithidh cràiteach, leòint.
Na deanaibh gul, na caoinadh,
Na gearan, caoidh, na bròn;
Oir 's sonadh la mo bhàis dhomh,
Na la a bhà sa 'n t-sàogh'l;
'S mi faotainn dh'ionnsuidh Phàras,
Gu uchd mo Slàn-ghear gàoil.

12.

Is cha bhi tinn na éucail,
Na bròn na éuslaint' ànn;
Is cha bhi peac', na bùaireadh,
Na trùailleachd ni mi fànn;
Cha bhi ann pian na dòruinn,
Na cradh, na goirt, na plàigh;
Ach làth' reachd Dhia gu siorruidh,
Is cùan neo-chriochnach' gràidh.

13.

Tha sràidean soillear òir ann--
Is neòmhnuidean ro-bhriagh;
Tha tobar dh' uisge beo ann.
'S cha deòthaich i re ial;
'S tha craobh na Beath 'a giùlan,
Gach ùine toradh fior;
'S nach iochdmhor caomh mo Slàn-ghear?
Bheir Pharas dhomh gu sior.

14.

Tha Enoch, Noah, 's Abrah'm,
'S na Fàidhean ann gu léir,
'S na h-uile neach a bhàsaich

[TD 31]

An taic ri slàinnte Dhé;
Toirt cliu do 'n Ti a bhàsaich
A dheanamh nàird na réit',
Se so 'm Fearsaoraidh tréun ud
Thug fhuil am éiric féin.

15.

Is Easan fos is òirdheirc,
Sa 's glòrmhoir ann an nèimh,
Neo-chriochnach àrd am mòrachd,
Sa 'n glòir thar Ainglean Dhé,
Se teampull àluinn Phàras,
Se solus fhlàitheanas E,
Se bith, is beath', is sòlas,
Gach créutair beò th'air neamh.

16.

Sann nis a bheir mi glòir dha,
Gun pheac', gun bhròn, gun sgios,
'S ann nis a bheir mi gàol dha,
'S cha tràoigh e dha gu sior!
'S ann da a bheir mi ùmhachd
Se chrùnas mi gu briagh,
Nach iochdmhor caomh mo Shlàn-ghear?
Bheir Phàras dhomh gu sior.

IOMPACHADH.

<eng>AIR<gai>—"Beath' an Duine"—<eng>by P. G.<gai>

1.

'S mi 'n créutair tha leòint',
Tha salach is breòit,
Bha ceannairceach gòrach baoth;
A rugadh sa pheac',
Sa dh' imich 's gach cleachd,
Bha taitneach am beachd na 'n daoí.

2.

Bhris 'n lagh anns gach céum,
Thoill mallachdan géur,
Thoill corrúich an Dé tha mòr;

[TD 32]

'S mi 'm amadan bréun,
Neo-chiallach neo-ghéur,
Neo-thuigseach gun spéis do 'n chòir.

3.

Làn iodhalan mòr,
Sa riarrach' na feòl,
Sa miannachadh stòr is cliù;
'S mi 'm beachd gu 'm bu mhòr,
Mo shonas ri 'm bheò,
Am pailteas deth shòlais ùr.

4.

'S cha chreidinn an Slùagh.
Bha teagasg gach ùair,
Gu 'n robh mi fo thrùaigh an sàs;
Mo chridhe cho chrùaidh,
'S nach b' eagal leam ùair,
Gu 'n d' thigeadh cho lùath am bàs.

5.

Ach thainig le fùaim,
Air 'm anam le bùaidh,
Tairn'aich eagalach chrùaidh Shinài;
Chuir sud mi gu glùas'd',
'S mo chridh' air a lùasg,
'S b'e m' eagal mo thrùaigh' amhàin.

6.

'S mi faicinn sa 'n àm,
Gun pheacaich mi ànn,
Le briseadh gach rànn is àithn';
'S bha choguis ga 'm théum',
'S ga 'm lotadh gu géur,
'S mo pheacan gu léir na 'n gràin.

7.

'S mi thoisich gu 'n dàil,
Ri ùrnuighean a ràdh,
'S ri oibraichean cràbhach mòr;
'S cha chreidinn nach b' fheàird,
'S nach deanadh iad stà,

[TD 33]

'S nach cosnadh iad Phàras dhomhs'.

8.

Dh' fhas cùramach stùaim',
An cainnt' is an glùas'd,
'Sna cleachdan so fhùair mi sith;
'S mi saoilsinn gu tréun,
Le 'm dheanadas féin,
Ga 'm faighinn gu réidh gu tir.

9.

Ach solus o'n àird,
Se dh' feuch dhomh am pàirt,
An éucail a bhà am chridh;
Leag sud mi gu làr,
'S bha rithist an sàs,
Tinn, muladach, cràiteach sgith.

10.

Thuirt 'n lagh rium gun trùas,
"Tha malluicht' gu bùan,
Mar d' thoir thu gach ùair dhomh géill;
'S mar eil thu cho naomh,
'S nach ciontaich thu 'n smaoin,
Cha ghabh e do 'm thaobhs bhi réidh."

11.

Bha dearhta gu leòir,—
Dhomh nis air gach dòigh,
Nach deanainn do 'n chòir gu bràth;
Na chosnadhladh dhomh glòir,
'S mo pheacan cho mòr,
'S m' uil' oibrean nan sgleò gun sta.

12.
Gun chòir ann an Criod,
'S na fhireantachd shior,
Dh' fheuch soilleir dhomh Dia. gun dith;
Gu 'm bithinn gun sith,
Gun sonas an tim,
'S gu 'm bithinn gu siorruidh cli.

[TD 34]

13.
'S na 'm faighinn mi féin,
A 'n ordugh 's gach céum,
Bha toileach air géill' do Chriosd;
Na 'm faighinn mo chrìdh,
A thaiseach gach tìm,
Gu ùmhachd do ni bha fior.

14.
Thug oidhirpean crùaidh,
Gach peacadh chuir ùam,
Gach seachran droch smùain is rùn;
Ach dh' fhàs mi na 's trùaigh',
Na 's miosa 's na 's crùaidh,
Gun chomas, gun bhùàidh, gun iùl.

15.
Dh fhalbh mhisneach sa 'n lùgh,
Dh' fhalbh gliocas is sùrd,
Dhorch fradharc mo shùil le bròn;
Aig naimhdean an sàs,
Mar cheum do na bhàs,
Gun fhurtachd gu 'n làimh ga 'm chòmhnh'.

16.
Iehòbhah e féin,
Bheir seoladh ni féum,
Bheir solus do 'n dréam tha dàll;
Bheir eòlas air féin,
Ni 's glòrmhoir fo 'n ghréin,
Sa 's taitnaich do 'n chréutair chàillt'.

17.
Thuirt' rinm ann san àm,
"Seall Riums' air a chrànn,—
Feuch mo lotan, mo chràdh, 's mo bhàs;
Chum thusa bhi beò,
Tha 'm fhuil air a dòrt',
'N cup feirg rinu mi òl a' d'ait.

18.
"Feuch, chriochnaich mi féin,
An obair gu léir,

[TD 35]

Is chosainn mi réit' is slàinnt',
Iad so ni dhuit féum,
Leig taic sann rium féin,
'S bi umhail 's gach céum do 'm àithn'.

19.

"Feuch 's mise Mac Dhé,
Faic m' obair gu léir
Gabh nasgaidh e chréutair thruagh;
Mo gradh tha dhuit féin,
Thoir do chridh' dhomh,—is géill,
Gabh fasgadh fo 'm sgé' gach ùair."

20.

Fhuair saorsa san ùair,
Sa m' fac a mi 'n t-Uan,
A tabhairt na bàaidh e féin;
A bàsach am àit,
Sa 'g éiridh an àird,
Le cumhachd gu làimh dheas Dhé.

21.

Dh' ath-nuadh' cheadh mo chridh—
Gu gràdh thoirt do 'n Ti,
A chosainn dhomh sìth 's mi trùagh;
'S Tha m' earbsa gu 'm bì,
Mo thaic ris gu crich,
'S gu 'n d'thoir e mi tir le bàaidh.

22.

'S cha'n i m' obair féin,
Rinn stà dhomh na féum,
Saor Ghràs rinn dhiom crèutair nùadh;
'S do 'n Ti sin tha beò,
Biodh cliù mar is còir,
Ard-onoir is glòir bith-bhùan.

TAISBEAN.

<eng>AIR<gai>—"Tullaich Bhoidheach."

1.

Air dhomh bhi smùaineach, is mi an ùaigneas,
Air cor an t-slùaigh sin thug sùas an deò,

[TD 36]

Chaidh ghairm an còmhail, a Bhréitheamh mhòr, air,
Nach robh iad eòlach an tir na 'm beò;
A dh' fhàg an sàoghal, ma 'n robh iad gàolach,
Ma n' thuig an t-àobhar airson thighinn ànn,
Gun eolas slàinntiel, air Ios an Slàn-ghear,
Gun toil da àitheanta, gun ghradh da chlànn.

2.

Sa beachdach còmhlath, air gradh Iehòbhah

A thug na thròcair an t-saors' da shlùagh;
Air dha an treòrach le Spiorad glòrmhoir,
A chuir an dòchas sa 'n Ti thug bùaidh;
Da 'n d' thug E fhaicinn, mor olc a pheacaidh,
Is truaigh na 'n cleachdan bha ac o'n òig',
Sa rinn an àicheadh, 's thug fuath tre ghràs dhoibh,
'S tha nis, 's gu bràth, ann na fhàbhar beò.

3.

'S mar so a smùaineach, their leam gu 'n cùala-
Mi Aingeal glùasad le fùaim bha mòr,
'S thanig e bhàin agus sheas e làimh rium,
'S bha aig na làimh mar gu 'm b' choinnleir òir,
Bha thrusgan bòidheach, is aghaidh glòrmhoir,
A dealradh còmhlaith mar ghrian nan spéur',
Is thuig mi 'n trà sin gu 'm b' es' Michàel,
Tha seasamh 'm fàbhar san làthair Dhé.

4.

'S, their leam gu 'n d' thàning 's gu 'n sheasamh làimh ris
Neach ùamhaidh gràineil, 's bu dùbh a bhéin;
'S a shuilean oillteil bha lassair soillseach
Bha g' inns' gu 'm b' òighre e, air trùaigh is péin;
Ris thuirt Michàel, "Carson a thà thu?
Air teachd do 'n àros ann sa 'm bheil slùagh?
Carson a dh' fhàg thu an leabaidh chràiteach
Sa 'm bi thu cnàmhadh am piantan crùaidh?"

5.

Se fhreagir Sàtan, "Tha mi mar 's gnàth leam,
Gu tric san àit so, sa' measg na 'n ùaigh',
Oir tha na miltean an so na 'n sìneadh,

[TD 37]

A bhios gu cinnteach, gu siorruidh trùagh;
Oir 's ioma crèutair, tha 'n so air sléuchda,
Thug dhomhsa géill, 's rinn a reir mo thoil;
Ach dhoibhsan 's éiginn gu siorruidh éigheach,
Na 'n luidhe air éibhlean, sa 'm feoil a goil.

6.

"Bha mise sònruichte, sonadh, òirdheirc,
Nuair bha mi chòmhnuidh am fabhar Dhé;
'S nis air mo shònrrach, gu luidhe 'n dòruinn,
Slan leis gach dòchas gu brath dhomh fein;
Se ni bheir sòlas dhomh nis bhi seòladh,
Gach sean, is òg, n' aghaidh òrdugh Dhé;
'S le ceilg is innleachdan, dalladh 'n inntinn-
Air ciod tha sgriobht ann sa Phiobull féin.

7.

"A bhàn sa nàird anns gach ait san tar mi,
Air feadh na fàsaich, a dh' oidhch sa lò,
Is siorr-theachd féuchaidh, gur ioma crèutair,
Bhios mar mi féin, air na h-éibhlibh beò;
Oir ann san àit so, tha a'am gu h-àraidh,
Ro-mhoran chàirdean, 's luchd ceird ma 'n cùairt;
Da 'n cleachd bhi g' imeachd, reir beachd an inntinn,
'S tha dhomhsa dileas, am bog, sa 'n crùaidh.

8.

"Tha cuid le mì-run, is fuath os 'n iosal,
Do 'n dream da-ri'readh tha fireant' còir;
'S cuid eile bhruidhinneas mar gu bu Chriosduidh',
'S gun aithne fhior ac air brigh an stòr;
'S tha cuid a 'g innseadh gu 'm beil iad fireant,
Leis mar a dhìrich iad beinn Shinài;
Cuid eil' le déuraibh, le urnuigh 's léubhadh,
'S na 'n oibribh féin tha iad cadal bhàin.

9.

"Tha cuid cho sànnach se 'n iodhal ghràdhach
An stor s 'n airneis, sann orr tha n càinnt
Ciòd dh' ith's sa dh' òlas se 'n curam sònruicht',
Air uaill is mòrchuis tha 'n déidh, sa 'n sànn;

[TD 38]

'S tha cuid a 'g imeachd an cleachdaibh millteach
Am misg, am mì-bheus, san slighibh clàon;
'S tha cuid a briathrach an aghaidh Diadhachd,
Ag radh nach fhiach i, 's ga cuir gu fàoin.

10.

"Tha cuid a chréutairean baileach éudmhoir,
Is baileach féumail, an tir na 'm beò;
Tha stuama béusach, tha seachainn' éucoir,
'S tha truasail déirceil ri neach fo leòn;
Ach le mo sheòladh 's, leag iad an dòchas,
Air bonn neo-stòlda an gniomh'ran féin;
'S chi iad an gòrraicht', nuair bhios iad mòran—
Do linnibh brònach, a caoidh am péin.

11.

"Tha cuid ri bréugan, is mionnan oillteil,
Gun tuigs' gun chéill ac, sa 'n spéis san olc;
'S tha cuid gu brùideil ri cluiche sùgradh,
Sa their gu bòsdail nach eil ann lochd;
'S tha cuid gu tàireil a bris' na h-àithn' ud
Tha 'g iarraidh 'n t-Sàbaid a choimhid naomh;
'S tha cuid an dòchas gu 'm faigh iad tràcair
On dh' ith, is dh' òl iad, aig bòrd an Uan.

12.

"Le cuilbheart, sheòlta, 'taim mealladh mòran,
'S mar sin g 'n treòrach gu doruinn ghéur;
Le iad bhi 'n dòchas, le oibribh sònruicht',
Gu 'n dean iad còmhnhadh ri 'n slàinnte féin;
Le 'n ùrnuigh, 'n léughadh, sa 'n seachnad éucoir,
'S nam beachdaibh féin tha iad éudmhor còir;
So ged nach sàbhail, tha 'n dochas làdair,
Gu 'n dean e pàirt, 's gu 'n dean Criosc an còrr.

13.

"Tha cuid an dòchas an laithean 'n òige,
Gu 'm faigh iad tràcair, nuair thig an aois;
'S cha neil iad smùaineach cho baileach dùalach,
'S tha 'm bas gach ùair dhoibhis tràigh gun chrioch;
Is dhall mi 'n léirsinn air chor's nach léir dhoibh

[TD 39]

Gu 'm beil gach créutair fo chorruich Dhia,
Sa 'n nuair nach sàoil iad ni 'm bas an sgàoileadh
'S bith' gul, is càoineadh, san lasair dhian.

14.

"Le ceilg, is seòltachd, chosainn mi mòran,
Sa pheac ga 'n treòrach, 's ga 'n seòladh cli,
An coguis mhùch mi, is rithist dhùisg i,
Chaill iad gach dùil, 's chuir iad fein gu dith;
Tha 'n dus neo-phriseil, na luidhe 'm prisan,
Gu teachd a Bhreitheamh ann sa 'n la mhòr,
'S bheir Easan binn' agus theid an dìteadh,
Sa 'n cuir gu siorruidh a dh' ionnsuidh bròn.

15.

"Tha cuid da' rìreadh, do luchd an Sgriobhaidh,
Air fas cho mìn, s' ann na 'n teagast fuàr;
Sa 'n teagast dileas a ruigeadh inntinn,
Cha neil iad g' innse, le cintt do 'n t-slùagh;
'S mar so gu seòlta 's air ioma dòighean,
'Tha m' obair mhòr 's, anns gach seòrs' do 'm shluagh,
'S tha mòran ànaman, mar so ga 'n dàmana,
'S cha neil iad àinmig a bhios an truàigh."

16.

Ach thuirt Michàel, "Chaill thus le t-àrdan,
An t-àros àghmhor san robh thu shùas,
Is thug gu dòruinn, is piantaibh mòra',
Thu fein, is mòran do d' sheòrs' gu trùagh,
Is tusa Sàtan, fear casaid Bhràithrean,
A dh' oidhch'sa là, ann an làthair Dhé;
'S nuair thilgeadh tàireil thu, mach a Phàras,
Rinn sinne gàirdeachas, 's ni gach ré.

17.

"Oir se do rùnsa, do dheidh, 's da dhùrachd,
Na h-uile dhùnadhan sann ann an trùaigh;
Is iomadh innleachd, is cuilbeirt mhillteach,
Tha thus le mì-run, a sior chuir suas;
Mar so gu gòrach a meudach dòruinn,
Le peagan mòr 'n aghaidh òrdugh Dhé;

[TD 40]

'S thu 'n comhnuidh féuchainn, a mheud sa thréig thu,
A lot, sa théumadh, a shlug, sa réub'.

18.

"Ach sann gu diomhan tha thusa miannach
An dream tha diadhaidh, a tharruin cli,
Ni cumhachd siorruidh an Ti neo-chriochnaich',
An gleidh' sa 'n dion gus an d' thig iad tir;
An neach is brònaich, sa 's laig an dòchas,
Airson na dhòirteadh fuil luachmhor Chriosd;
Ni cumhachd àrducht an Ti is Airde—
An toirt gu Pharas, do shonas sìor.

19.

"Tha mòran Ainglean gach la a càmpach
Ma 'n dream tha gràdhachadh Chriosd gach ùair;
Gu 'n toirt gu teàruint', tre Ghleann na fàsaich,
'S gu naimhdean bàsmhor a chumail ùath';
'S ge ioma bùaireadh tha dhoibhsan dùalach,
'S na h-uile trùailleachd, tha fuàight' na 'm feòil;
Cha n' urrainn àon diubh an anam aòmadh,
O Ghradh 'n Fhir-shàoraidh, rinn fhuil a dhòirt'.

20.

"'S nuair thig an t-òrdugh 'o Righ na glòire,
Theid iad tre Iòrdan, is bheir iad bùaidh;
Sa 'm feoil ged fhàilinn, tha 'n dochas làdair,
San Ti a bhàsaich airson a shluàigh;
An tuil ged éirich, air chor 's nach léir dhoibh,
O bheachd an réusan, an d' thig iad tir;
Gidheadh tha dòchas 'o chreideamh bheò ac-
Gu 'm beil iad còmhlichadh Dhia an sìth.

21.

"Tha ciurp na 'n Crìsoduidh sa 'n uaigh gu diblidh,
Is fois, is sìth ac, gun sgios, gun bhròn;
'S cha 'n urr' an saòghal, 's na th'air a dhàoine,
Am fois a chàochladh, na iads a leòn;
'S nuair, thig an Slàن-ghear, le gloir, is àilleachd,
Cruinnichidh E chàirdean 'o Dheas, 's 'o Thùath;

[TD 41]

'S le co-sheirm bùadhach, is cridhe bùaladh,
Theid iadsan sùas dh' ionnsuidh sonas buàn.

22.

"'S nuair gheibh iad còir ann san àros Ghlòrmhoir,
Tha 'n làthair na Mòrachd, tha òirdheirc Naomh;
Chi iad Iehòbhah, 's e uile ghlòrmhoir,
Is bithidh iad beò leis fad saogh'l nan saogh'l;
Gach bron, is déuchainn, gach leon, is éucoir,
'S na h-uile éucail a bha ga 'n cràdh;
Nis uil' air dì-chiumhn, 's iad snàmh gu siorruidh,
An gaol gun iochdar, gun oir gun tràigh.

23.

"Sa 'n sin a Shàtan theid thus, 's do chàirdean,
A chuir do 'n àros is truaighe th'ànn,
Is theid thu sìos ann sa 'n t-slochd gun iochdar
Sa choidh gu siorruidh cha ruig a cheànn."
Nuair chual an Nàmhaid na thuirt Michàel,
Theich e 'o làthair, air chrith, le gaòir;
'S dh' fhag mis an t-àros, 's nach robh mi sàbhailt',
'S Nuair thig am bàs, tha mi 'n duil bhi sàor.

AM BAILE DÌDEANN.

<eng>AIR<gai>—"La Bhreithanas"—<eng>by D. B.<gai>

1.

O! anam luàchmhòr tha gun Chriosd,

Air brùach na siorruitheachd gun dion;
Nis cluinn mo sgéul, is tuig a bhrigh,
Is tomhais e ri firinn Dhia,

2.

Oir bhris' thu 'n lagh tha maith, is naomh,
Is rinn thu claoadh 'o na chòir,
Is rinn thu ceannairc 'n aghaidh Dhé,
Se réubalt th'annad oir gach doigh.

3.

Do namhaid t-anam thug thu géill,
'S do 'n chréutair thug thu 'n spèis, sa ghlòir-

[TD 42]

A buineadh do na Chruihear féin,
Is thréig thu Es' an tobar bheò.

4.

'S cha nè amhain gun d' rinn thu lòchd,
'S gun fhios agad gur ölc a bh' ànn;
Ach 's minig rinn thu nithibh cli,
'S do choguis g' innse sin san àm.

5.

'S gach mallachd tha sa Phiobull sgriobht,
'S tu thoill da' rireadh iad gu sior;
Gach dòruinn, peanas, cradh, is bròn,
Bhi choidh ga 'n dòrtadh ort le Dia.

6.

Nis beachdaich, 's chi thu 'm focal Dé—
An doigh 'sna bhuin E géur ri cach;
Nach d' fhuair gach cothrom fhuair thu féin,
Ach faic! le oillt mar tha an sàs.

7.

'S chi thu na tobraichean a réub',
Is uinneagan na 'n néamh a taom';
An tuil a bruchdad, goil a nùas,
Sa sgaoil an ùamhais air gach taobh;

8.

Is chi thu 'n slùagh a bha gun Dia,
'S iad nis gun dion! gun aite taimh;
A ruith, a 'g eigheach, gul, a caoidh;
'S iad air an claoadh a nis le bàs.

9.

Is faic an rughadh tha sna spéur',
Is doininn thein' a séid a'nuas;
Na h-aingidh leagheadh sios mar chéir!
Is deatach Shodoim 'g éiridh sùas.

10.

Sa ris le iongnadh seall a nàird
Is faic an t-Ard Righ air a chrànn;
An claidheamh dusgadh, 's fhuil ga dòirt',
Is anam brònach, craiteach, fànn.

[TD 43]

11.

Sa 'm b' eiginn Dhasan nach d' rinn peac,
Airson a pheac' bhi air a phian?
Is thusa ciamar theid thu às,
Ma gheibhear dh' èasbhuidh thu air Criosd?

12.

Is faic mar tha gu dian an tòir—
Air t' anam leòinta, Ceartas Dhia;
Mar chlaidheamh lasrach, sgaiteach, géur,
Gu caitheamh, réubadh, sgriosadh, pian'.

13.

Nach cluinn thu ghlaodh gu tric tha shuàs,
Is dh' fhaodadh fhùaim dol troimh do chrìdh;
"Nach gearr thu sios a chrionaich ghràd'
Carson a dh' fhàsaicheadh i 'n tir."

14.

"Cia tric a chladhaich thu ri taobh?
Cia tric rinn aolach chuir ma bun?
Ach toradh maith cha d' ghiulan riamh,
Oir 's dearcan fiadhaich ē gu tur,

15.

"Nach faic thu n' àit bhi dol na 's feàrr?
Gur ann a tha e fàs na 's mios';
Na 's raig na 's doille, is na 's crùaidh,
'S e 'n còmhnuidh tional cùal gu sgrios?

16.

"Is minig nuair a bha e tìnn,
A gheall e cinnteach dhiutsa géill;
'S cha lùaith' a dh' aisigeadh tu shlàinnt',
Na bheireadh e do 'd nàimhaid spéis,

17.

"An ait thu theachd da fhichead mios,
Tri fichead bliadhna thainig 's còrr,
A dh' iarruidh toradh, ach cha d' fhuàir,
'S nach d' thoir thu 'n tùagh dhomh nis am dhorn?"

18.

An saoil thu dhuine 'm bheil e fior,
Na nithibh chuir mi sios am dhàn?

[TD 44]

Ma tha nach mithich dhuits' bhi triall,
A dh' ionnsuidh dion, ma 'n d' thig am bàs.

19.

Se 'n sgéul is aoibhnich chualas riamh,
Ga 'n d' ullaich Dia, deagh Bhaile Dion;
A dh' ionnsuidh 'm faod am marbhaich' trùagh
Grad ruith gu lùath o'n chlaidheamh dhian.

20.

Is daighneach làdair, ghlòrmhoir e,
Nach crith a ghaoith, 's nach leag an tuil;
'N Coimh-cheangal nùadh air fhaicinn ànn,
'S gach bànn dheth séulaichte le Fhuil.

21.

Tha 'n dorus fosgait fad an là,
Is air an àrd-dorus tha sgriobht;
"O anam creid, is bithidh tu beò.
Is thoir a ghlòir do Righ nan Rìgh."

22.

Sa 'n daighneach so tha rùm, is dòigh,
An t-aran beò, 's gun ghainne fion;
Do 'n anmhunn bainne fior-ghlan beò,
'S do 'n làdair, pòrsan do 'n laogh bhiaght'.

23.

Ged 's fhad on sgaoileadh mach am bòrd,
'S ge ioma dh'òl, sa dh' ith an sàth;
Tha e cho pailt do 'n h-uile seòrs',
Sa bha e 'n tùs, is bithidh gu bràth.

24.

Tha 'n cuireadh saor do 'n h-uile neach,
A thighinn steach, sa bhi aig sith;
Cha duinear aon a thig a mach,
Oir sann tha chuirn air cosd' an Righ.

25.

Is gheibh an lomnochd comhdach ànn,
Gheibh am fànn ann beath is lùgh;
An t-éuslan gheibh ann slàinnt, is treòir,
Na bochdan stòr, sna doill an iùl.

[TD 45]

26.

Tha réit', is sith ri Dia gu bràth,
A làithreachd, 's fhàbhar ann mar ghrian;
Tha furtachd, sonas, iochd, is blàths,
A chomhnuidh ghnàth sa Bhaile Dhions'.

27.

Cha 'n 'eil e idir fad 'o làimh,
'S cha 'n iarrar pàidheadh ort na gniomh;
Tha 'n geatadh fosgait fad an là,
Is ann, ma 's àill leat, gheibh thu dion.

PILL, PILL, CARSON A BHASAICHEAS TU?

<eng>AIR<gai>—"Cuachag Nan Craobh,"

1.

Gach neach sa bheil deò, an talamh na'm beò,
S'tha g'imeachd an fheòir uaine;
Thoir eisdeachd do m'sgéul, s thoir aire dhuit féin,
Nach bi u gun chéil uaibhreach:

Ma tha u dheth 'n t'sluagh, sa pheacadh tha glùas'd,
S'u dh' easbhuidh ath-nùadhach' slainnteil;
S'ro eagallach crùaidh, mor chudthrom do thrùaigh,
Ma theid ann san ùaigh mar tha u.

2.

Thug Dia dhuit na'd làimh, a Lheabhar, tha làn—
Do chomhairlean àigh, luachmhoir;
Do chuireadhchan sàor, s' do theagasaibh gàoil,
S'do rabhaidhibh fior uamharr:
Ann dh'fhoillsich e Shlàinnt', is Fhireantachd' làn,
Is cumhachd a làimh ghloirmhoir;
Sa 'n sonas, sa 'n trùaigh,' tha shios agus shùas—
S'na neamhan, sa chùain doruinn.

3.

Ort bhuillich e cial 'is beannachdan fial,
Sa 'n trocair se dhion beò u;
Chuir Coguis na'd chri, 'thoirt fianuis ma n' ni—
Tha ceart, sa tha cli, 'n còmhnuidh;

[TD 46]

Thug réuson, s gach bùaidh, tha féumail do shluagh,
Chum geilleadh do'n Uan, sa ghlorach;
S'mar sin bheir u féin, is mise, s' gach cré,
Nar cunntas do'n Dé ghloirmhoir.

4.

S'nach smuainaich u trà, ma t'anam, a thà—
A' n'cunnart a bhàis shiorruidh;
Air seachran o'n bhrònn, s'air peacach gu tràom,
S'u eutrom mar mhòll siol-ghlas;
Air caitheamh do là, gun chùram, gun sgàth,
Gun atharrach' le gràs bhi riamh ort;
Fo churam is sàoth'r, a tional an t'sàogh'l,
Nach sasaich a choidh t'iarrtuis.

5.

Cha chomas do'n t'sàogh'l le storas sa mhàoin,
Sle sholasan fàoin' do riarrach;
S cha mho bheir bòsd, is aighear is ceòl—
Dhuit Sonas, ge mòr do mhiann orr';
Ged fhaigheamh tu féin, gach solas fo'n ghréin,
A bhuineas do ghné truàillidh,
Cha tugadh dhuit sith, s' cha lionadh do chri',
S bhiodh t'anam fo shior bhuaireas.

6.

O dhuine glac cìal ma 'm bi u gu sìor
An lasraichean dian doruinn;
Ma 'm beir ort an stòirm a sheideas le tòirm,
Sa shlugais air fàlbh beo u;
Mar bhith gu bheil Dia, an trocair ro-fhial,
S'nach ionnain na rian e, s'daoine,
Bhiodh sinne gu léir, fo mhallaichdan géur,
A sillleadh nan déur, sa caoineadh.

7.

Ach ghleidhadh u beò, sa 'n teid n do'd dheòin,

Sle t'fhios, ann an còmhdaileadh dioghaltas?
Am beil u co crùaidh, 's gu 'n ruith u gn trùaigh'—
A' dh'aindheoin na chàlas riamh leat?
'Bheil mothach', na cial, air fuireach na'd chliabh?
N'ann tha u mar Dhiahh'l an nàduir?

[TD 47]

Toirt duilan do Dhia s'ga bhrosnach' gu dìan,
Gu 'd chaitheamh sna piantaibh s' cràitich.

8.

Nach leoир leat cho trùagh, s'tha moran a fhùair—
A cheaua', an dùais ghabhaidh?
Chaidh sgathadh mar fhéur, sa cheangal gu léir,
San teine is géire, a chnamhadh;
Sa 'n eigin gu 'n téid thus, Thusa uan déigh?
A ghuil ann am péin, sa rànaich;
Nach fhoghainn, ochòn, O! dhuine nach leòir—
Tha cheana' an dòruinn bàite?

9.

Och smuladach càll na muinntir tha mèall,
S tha buannachadh dàll, gòrach;
Gun sonas, gun dion, gun dochas, gun Dia;
Gun bheannachd, gun Chriosd, gun tròcair;
Gun solus, gun sith, gun fhois ann an nì;
Gun reite. gun Righ, gun chòmhdaidh;
Am bas tighinn ma'n cùairt, s'iad tuiteam do 'n ùaigh;
Sa ris tha 'n trùaigh' a tòiseach.

10.

Nach seall u ma'n cùairt? is chi u gur lùath—
Tha 'm Bas a toirt ùainn' moran;
S' nach tug e uat féin, cuid eigin, sna 'n déigh
Naoh robh u gu déurach, bronach?
Cait t' Athair, do Mhàthair, do Phuithar, do Bhràth'r?
Do chompanaich ghràidh, shuaircail,—
Bha ma-ruit, s' u òg, a bheil iad nis beò?
S' ann tha iad fo'n fhòid uaighneach.

11.

Sa'n saol u nach trùagh bhios t'anam gu bùan,
Ma theid u san ùaigh gun tròcair?
Gun reite ri Dia, gun aonachd ri Ios',
Gun ola bhi riamh na'd lòchran:
Nach eagallach crùaidh bhi baite ann an trùaigh'?
Fo mhallaichdan bùan an Ard Righ;

[TD 48]

Gun fhuarach, gun dion, gun dochas, am pian;
S'u beo, ach gu siorruidh bàsach!

12.

Sa'n d' theid u gu dàn, gun umhaill, gun sgàth,
An coinneamh a bhàis iargailt?
An gabh e riut trùas, am buin e riut suairc,
Mar bi u san ùair diaghaidh?
An gabh e an rùaig? an d' thoir u air bùaidh?

Na n' eisd e ri'd chrùaidh iachaidh?
Co cinnt s' tha u beò, bheir leis e a deò,
Ged thuiteadh tu n' dòruinn shiorruidh.

13.

Tha 'n dearbhachd is cinnt' a chualas na chì,
Air fhagail sa Phiobul fhior dhuinn';
Is chithear an nì air sliabh Chalbharì,
Sa'n la ann s' do dhiteadh Ios' air:
Mar faodadh Mac Dhia, dol saor ās o phian,
S'o mhallaichdan dian, siorruidh;
An urrainn gu d'theid, Thu ās uath' u féin,
Ma gheibhear gun réit' ri Dia u?

14.

So sgàthan o Dhia, sa 'm faic u ni 's fior,
S' ni 's soillear na 'm piantaibh Thòphet;
Cho teann agus géur, 's tha naomh cheartas Dé,
Sa 'm peac' na dhreach féin, gun chleòc air;
'N Ti chruthaich na sàoghaile', is anam glan nàomh;
Fo uamhan-a glàodhaich-bàsach—
Fo pheachdan a shlùaigh, ga'n dioladh, toirt bùaidh,
Ga charamh san ùaigh, ach dh'fhàg i.

15.

Nach eagallach crùaidh, nach iargalt' is fùar—
Do chridhe, s'do bhùaidhean réusannt',
S'nach druigh ort an gàol, nochd Dia do chlann dàoin',
An tabhairt Aon Ghàoil mar éiric:
Na'n iochd, is an trùas, nochd Iosa gach ùair,
Do dh'anaman bochd, trùagh, is éuslainnt;

[TD 49]

An tighinn ga 'n dòn, s'gu'n saoradh o phian,
S gu'n tabhairt gu Dia, s'gu Néimh leis.

16.

Tha cuireadh nan gràs, sann direach an tràs,
Ro-shaibhir, ro-làn, ro-fhialuidh;
Is Iosa ag ràdh, u sealtruinn ris nàird,
S'gu 'n d'thoir e dhuit slàinnte shiorruidh;
Gu 'n d' thoir e dhuit sìth, s gu 'n glan e do chri',
S gu 'm bi e gach tìm na dhion dhuit;
S' gun sgeudaich u briagh, na Fhireantachd shior;
S' gu'm bi e na Ghrian, s'na Sgiath dhuit.

17.

O! Anam ma tà, an Dean u air tàir?
Nach d' thoir u dha gràdh? nach géil u?
An cuir u ris cùl? am bi u co dùr
S'nach Pill u ma'n dùinear neamh ort?
Mar géil u gu lùath, s'mar teich u o thrùaigh',
A dh'ionnsuidh an Uan chaithd cheusadh;
Bheir coinneach ri Dia, an lasraichean dìan,
Ma dheireadh gu pìan, s'gu géil u.

FURTACHD.

<eng>AIR—"The Lass o' Glenshee."</gai>

1.

Siad maitheasan lùachmhoir, is trocairean ùasal;
An Ard-Righ a ghlùais mi san ùair so gu seinn;
Dh' ath-ùraich mo bhùaidhean, mur dhrùchd air na clùaintean,
Sa mhosgail iad sùas ann am bùaidh-chaithream binn
Thoirt moladh is mòr-chliu, do Naomh ainm Iehòbhah;
Thoirt urram, is glòr dha, gu sòlaimt' s' gu tréun;
Thoirt buidheachas sònraicht' gu siorruidh da Mhòrachd—
A shaor mi no thròcair, sa dh' fhòir orm am fhéum.

[TD 50]

2.

Tha mhaitheasan sònraichte lionmhoir, is mòr dhomh,
O'n la ann sna dheònaich E 'n deò chuir am chré;
Sa maduinn na h'òige se bheathaich, sa chòmhdaich,
A neartaich, sa threòraich, sa sheòl mi gu réidh;
'S gach trioblaid is déuchainn, gach cruaidh-chas is éiginn,
Thug m' amaideachd féin orm, is créutairean trùagh;
Uath dhion mi na thròcair, smi ain-eolach górah;
S'o thuiteam an Iòrdan; s'i còmhach na 'm brùach.

3.

Bu truaillidh is feòlmhor, bu diomhain, is bòsdail,
Is b' ardanach spòrsail, neo-stòlda, gun iùl;
Bu sheachranach àimhleasach, duaichni', mi-thàingeil,—
Mo chri' s'mo chàinnt ann san àm th'-air mo chùl:
Ach ghleidheadh leis beò mi, 'an saibhreas a thròcair,
S' cha d' rinn E fein, 'ghlòrach am fhògradh o ghnuis,
Gu dorchadas siorruidh, eu-dochas, is piantan,
O moladh do'n Dia sin, a dhion mi s gach cùis.

4.

Nuair fhuair mi mo léirsinn, sa mhothaich mi 'm éucail;
Sa thuig mi gur crèutair mi féin a bha caillt,
Bha bron ann am bhùaidhean, is eagal ga 'm rùaigeadh;
Is manam le ùamhann, ro-lùaisgt; agus craidht'
Ach Dia ann na thròcair, thug fuasgladh ro-mhòr dhomh,
Le fiul an Aon Ghlòirmhoir chaidh dhòirt' air a Chrànn;
Do manam thug slàinnte, s ri 'm chreuchdaibh chuir plàsda,
Is mhothaich mi ghràdh, agus fhàbhair san àm.

5.

S'nuair rinn e mo shlànach, thug leis mi do'n fhàsaich,
'S mi solasach. sàbhailt; o àilghios an t' sàogh-l;

[TD 51]

Bu toigh leam na Fàidhean, 's na h' Abstolaibh gràdhach;
Ach O sann do 'n t Slàn'-ghear gu h' àraidh bha m'ghàol:
Ach 's goirrid nuair bhà mi, gu cruaidh air mo shàrach—
Le naimhdean ro'-làdair a chràdh mi gu trùagh;
Ach Caiptean mo shlàinnte, thug fuasgladh, is shlànaich—
Mo lotaibh, is bhàth e mo naimhdean sa chàin.

6.

Is dheonaich gu gràsmhor dhomh Mana o'n àirde,
Is beo-uisg' na Slàinnte, o Chàrrraig na 'm Bùadh;

San latha, san oidhche, thug solus a shoillsich—
An rod dhomh,—bu shaibhir a chaoimhneas gach ùair;
S' ge iomadh na dòighean, sna chiontaich gu mòr mi,
Ge b' amaideach, gòrach, mo sheòlan gu léir;
Cha d' fhag mi gu bàsach air beanntan na fàsaich,
Ach thug mi d'on àite so,—'s Phàras dhomh 's léir.

7.

O's beannaichte sònraichte, caoimhneasan tròcair—
Ro-iochdmhor Iehòbhah, an còmhnuidh da shealbh;
Is maith ann s'gach dòigh E, is glic ann gach seòl E—
Bheir rian ā eas-òrdugh, 's bheir sòlas ā searbh;
Is ceart E da' rìreadh, s'na h' uile ni nì' E.
Se Ughdar na firinn, is dìdean a shluàigh;
Is gloirmhoir a Nàomhachd, is treun mhoir a ghàirdean
Is maith do chlann-dàoine an t'sàorsa thig ùaith;

8.

Bha m, inntinn neo-stòlda, is dochasan mòra',—
Do shonasan feòlmhor gu gòrach am cheann;
Chuir Esan air ghlùasad an t' Slat, agus bhùail mi—
Le goirtasan crùadalach, 'bhùannaich car àm;
Thug claoïdh air mo dhòchasan, 's d'fheuch dhomh mo ghòraich',

[TD 52]

Is chunnaic mi mòrachd, is glòr an Ard Righ;
'S na throcair thug fùasgladh, is lasachadh lùachmhor;
Is mhothaich san ùair sin, mi sùaimhneas, is sith.

9.

Nis manam bheir cliù, agus urram, is ùmhachd,
Do'n Ti sin a sgùirs mi, sa dhrùigh air mo chri;
Sa għluais mi gu ùrnuigh, is Phog mi le dùrachd—
An t' Slat is a h' Ughdair le sùrd, agus sith;
Chuir beatha am bhùaidhean, 's do m'inntinn thug sùaimhneas
Thug claoïdh air mo thrùailleachd, is bùaidh air an Fhéin;
'S cha n' urrainn mi lùaidh air gach buannachd a fhùair mi
Ach s' aithne do 'n Uan iad-sann ùaith' shruth gu léir.

10.

O manam bi iosal, bi faicilleach diaghaidh,
Le urram, bi striochdad do Dhia, ann 's gach dòigh;
Bi caithriseach iùlmhor, bi'n comhnuidh a g'ùrnuigh,
Bi taingeil is dlùthaich le rùn ris a chòir;
Bi sealltuinn ri Iosa, bi geilleadh le rian da;
S bi foghlum do dhiaghachd o bhriathraibh a bheòil;
Biodh do thaic airson siorr-dheachd, air OBAIRS' tha criochnaicht'
Is molaidh gu siorruidh tu Dia ann an glòr.

SLAN LEIS AN T SAOGHAL.

<eng>AIR<gai>—"Orain an t Saoghal"—<eng>by P. G.<gai>

1.

Nis slàn leis an t' Saòghal,
Le mhàoin is le shàothair;
Le chuspairean sòlais,
's le dhòchasan faoin;

[TD 53]

Oir 's gearr nuair a dheònaicheas-
Dhòmhsa mo Righ,
Mor shòlasan àluinn,
Nach bàsaich a choidh.

2.

Nis slàn leis a ghrian ud,
Tha riaghlaigh an là;
'S le Ban Righ na h' òidhche,
Tha sòillseach co tlà;
'S gearr nuair a chi mi,
Le inntinn gun neoil
An solus sin tha fior-ghlan,
'S a Ghrian nach teid fòdh.

3.

Nis slàn leibh a Bhéanntan,
'S a ghléanntan gu bùan;
Le uisgeachan bòidheach,
Le traigh is le cùan',
'S gearr nuair a chí mi,
An tir sin tha shùas;
'S bith'dh Fireantachd ríoghach',
'S bith'dh sìth ann bhios bùan.

4.

M' àite comhnuidh àille,
'S mo Ghàradh, slan leibh;
Mo chéuman' cha 'n fhàiltich,
Mar b' àbhaist sibh choidh;
Ach tha ri tigh is glòirmhoir',
Mo dhòchas 's mo shùil;
Air ullachadh am Phàras,
Le Ard-Righ nan dùil.

5.

N' luchd m' eòlais, 's mo Bhràthrean,
'S mo Chàirdean ro chaomh;
Tha brònach o'n thà mi,
Ga 'r fàgail san t' soagh'l;

[TD 54]

Slan leibh car ùine-
Nuair dhùineas mo shuil',
Bith'dh mis' an sin le càirdean,
Am Phàras a ghaoil.

6.

Gach cúram is sàrach',
Gach cràdh is mi-riàn;
Gach trioblaid is éucail,
Gach èuslainnt' is pìan;
Slan leis gach nì dhibh
Cha n' inntrinn iad shùas;
Ach sòlasan siorruidh,
'S mi 'm fiànuis an Uan.

7.

Bhi faicinn luchd-mòrchuis,
Luchd neò-ghlan, is sànnit';
Cha chràdh mi san tir so,
Cha bhi 'n leithid ànn.
Na naimhdean 's luchd mì-ruin,
Neo-dhileas, ro-chàm;
A ghéur lean sa rùaig mi,
Mar rùadh bhoc na 'm beann',

8.

A ghleann dubhach iosal,
Nan trioblaid', 's a bhròin;
Sa 'n tric a rinn mi ìmeachd,
A sior shilleadh dheòir;
Measg meallachan is cùraman',
'S ùtraisean mor.
Nis 's toileach their mi, Slàn leat
Dol nàird dh' ionnsuidh gloir,

9.

Cha tig a choidh ga m' shàrach,
Mar b' àbhaist san t' saogh'1;
Eagal, geilt, na uàmhann'
Droch smùaintean, na faoin',

[TD 55]

Ach ann an iomhaidh àluinn,
An t' Shlànuighear chàomh;
Mi sgeudaichte, is sàsaicht',
'S na làthair uile naomh.

10.

A cheud la 'n t' Seachduin,
'S na cleachd mi dol sùas;
Gu beinn tigh Iehòbhah,
'S gu òrduighean a shlùaigh;
Bha beath', fois, is blàths ann,
Is fàs iomadh ùair;
Ach fois is sith gun fhàilinn,
Gu bràth gheibh mi shuàs.

11.

A Phiobuill ro-ghlòirmhoir,
Thug beò mi an tùs;
A shoillsich an ròd dhomh,
An còmhnuidh t' Fhear-iùl;
Fad na h' oidhche bhrònach,
'Stu sheòl mi 's gach cùis;
Nis Beannachd leat gu sìorruidh,
Is Dia gheibh an cliù.

12.

Tha Ghrian ud tha dealradh,
'An rioghachd na glòir;
Nis soillseach' mo shùilean,
Toirt lùths dhomh is treòir;
Ach O! Cia co òirdheirc,

'S tha ghlòir so a Shluagh?
Se siorruidheachd ni fhéuchainn
Do 'n dream sin theid sùas.

13.

A Chré shalaich bhréun,
Cathair éucaillean, 's pian;
Lotadh gu bàs mi,
A sàsach do mhiann',

[TD 56]

Nis slan leat car ùine,
San ùir codail sios;
Ach togaidh Iosa sùas u,
Neo-thrùaillidh is briagh.

14.

Ach O! Cia co sòlasach,
Glòirmhoir an nì?
Bhi chòmhnuidh a' t' fhàrdaich,
Am Phàras le sith;
A faicinn an Ard Righ,
Mar thà e na ghlòir;
Toirt moladh, géill, is gràdh dha,
'S na fhàbhair mi beò.

AN SOISGEUL.

<eng>AIR—"Bonnie Dundee."
<gai>

1.

Se Soisgeul na Slàinnte, th' air 'm aire a Chàirdean,
A chuir ann ur làth'r, sa 'n Dàin so gu réidh;
Mar 'rùnaich an t' Ard Righ, gu tigeadh á Phàras,
A dh' fhuasgladh nan tràillean, Emàuel fein;
Gu 'n ceannach, sa 'n sàoradh, O pheacadh, s' o dhàorsa,
'S gu 'n gabhail an Aonachd do-sgàoilte ris Fein;
A chum ann an Adhamh, ged thuit iad, ged bhàsaich,
Gu 'n togadh à bàs iad gu fàbhair is réit'.

2.

Ann an Tròcair ro fhialaidh, sa 'n gràdh tha neo-chriochnach,
Sann 'rùnaich an Diadhachd, o shiorruidheachd,-a ghloir—
'Lan foillseach sa' n t' sàoghal, am pearsa 'n Fhir Shàoraidh,
'S gu' n creideadh ann dàoine, 's gu maireadh iad beò;

[TD 57]

Ann an foillseach ro-òirdheirc, a bhuaidhean ro-ghlòirmhoir,
An Iosa a còrdadh, sa pògadh a chéil;
'N toirt sith agus tròcair, do pheacaich thoill dòruinn,
Is Dia air a ghlòrach, is sòlas air Néamh.

3.

Bu choir dhuinn a Chàirdean, bhi umhal 's gach páirta,
Do Lagh Naoimh an Ard Righ, o'n thàina' do 'n t' Saogh'l;
Bu choir dhuinn a ghràdhach, seadh coimhliont a ghràdhach,
Bhi geilleadh gach àm Dha, bhi tàing-eil is naomh;

Ach 'n àit' sinn Iehòbhah, a gradhach' sa ghlòrach',
Sann dh' fhuathaich 's mhi-ghlòraich e 'n còmhradh sa 'n gniomh,
Is thoill sinn éu-dòchas, du-éigin is dòruinn,
'S bhi choidh air ar fògradh, o thròcair, 's o Dhia.

4.

Se 'n Soisgeil an sgéul sin, gu soillear tha féuchainn,
Gu 'n 'tainig mar chréutair, Mac Dhé ann sa 'n fheòil;
'S gun choimhlion 's gu d' árduich, e 'n Lagh ann 's gach pàirt déth,
Is sin ann sa' nàduir sna bhriseadh e n' tùs:
Is Ceartas gun riaraich, gun phàigh e na fiachan,
'S gu dh' fhulaing na piantan, a phianadh a chlann;
'S gu d' rinn e Iehòbhah, air talamh a ghlórach',
'S gun chriochnaich e còmlath, se obair na Slainnt'.

5.

Se Fireantachd shiòrruidh tha 'n Lagh Naomh a g' iarraidh,
A sgriobhadh an rian dhuinn, le Dia air na Clair';
'S bu choir do chlann dàoine, a coimhlionadh dàonnan,
An Spiorad, an smaointean, an gniomh, is an cainnt;

[TD 58]

'S tha Naomhachd is Firinn, is Ceartas, sa m' Piobull,
Gu soillear a diteadh do' rireadh, gach àm—
Gach aon do shliochd Adhamh, a bhris' Lagh an Ard Righ,
'S ga mallach' le Bàs air gu bràth nach tig ceànn.

6.

Tha 'n Soisgeul a féuchainn, se Fireantachd Dhé dhuinn,
A choimhlion mar chréutair, Mac Dhé ann sa t' Sàogh'l
An Lagh air a shliach, 's gu siorruidh air àrdach,
Le Ios ann ar nàduir, O Slànuighear gàoil;
Is Ceartas is Firinn, is Tròcair is siocaint,
A comhlach' an Criosa, 's gu siorruidh iad réidh;—
An sabhaladh Dhàoine, tre chreidheamh tha 'n àonachd,
Ri Ios' am Fear-Sàoraidh, fior Aon Ghin Mhic Dhé.

7.

Tha Lagh Naomh an Ard Righ, gu soillear a g' radh riut,
"Thoir ùmhachd bhios làn dhomh, is mairidh tu beò;
'S mar d' thoir a dhomh làn e, mo mhallachd gu bràth ort;
Ni d' sgaradh o fhàbhair, o Phàras, 's o ghloir":
'S cha 'n urrainn, a chàirdean, aon duine Shliochd, Adhamh,
An umhlachds' gu bràth, a thoirt làn do Lagh Dhia;
Is dichiollean dhàoine, cha ghabh e, 's cha 'n fhàod e—
Am peacair a shàoradh as èughais a riar,

8.

Tha 'n Soisgeul a féuchainn, gu soillear a féuchainn,
Mar gheibh u an réite, a chréutair, ri Dia;
Ag radh riut direach, nis creid ann an Criosa,
A choimhlion an Fhireantachd, shiòrruidh, is bhreagh;

[TD 59]

Ma chreideas tu 'n Criosa, cha deanar do dhiteadh
Do bhrigh gu d' thug Iosa, lan-diolahd na bhàs;
Sa 'n Fhireantachd shiòrruidh, tha 'n Lagh uait 'a 'g iarraidh
Sin gheibh u an Criosa, 's ni i briagh u gu bràth,

9.

Tha 'n Soisgeul a fèuchainn, se lànachd Mhic Dhè dhuinn,
Neo-chriochnach an èifeachd, an saibhreas, 's an gloir;
Tha slàint ann do 'n èaslan, is plàsd do gach bréun-lot,
Tha 'n anam a chrèutair, ge gēur-craiteach leooint';
Do n' ocrach tha biàdh ann, is deoch ann do 'n iotmhoir,
Dheth'n fhior-uisg, ni iòta, gu sìorruidh a bhàth'dh;
Do 'n bhodhair tha clàisteachd, 's do 'n bhacach tha slànach,
'S do 'n truaghan tha fàbhair, 's do 'n tràill ann tha saors'.

10.

Do 'n dall ann tha léirsinn, is saibhreas do 'n fhéum'nach,
Is beatha do 'n chréutair, an éucoir bha marbh;
O mhallachdan siòrruidh, Shinai tha diòn ann;
Is maitheanas fiàlaidh, ro-fhiàchail nach fhalbh;
O cheartas, 's o dhiteadh, tha saorsa, is sith ann,
Do bhrigh gu bheil rioghach', tre fhireantachd, gràs
Tha Làthaireachd is tròcairean, 's Beannachdan sònraichte-
Dhia air an deònach gu mòr ann, 's gu brath.

11.

Tha beatha is sòlas, is sonas is glòr ann,
Is aoibhneasan beò, agus dòchas ri bùaidh,
Tha 'n gath as a Bhàis ann, tha fuasgladh gu bràth ann,
O chumhachd a Bhàis, is o àilgheas na h' Uaigh';

[TD 60]

Sa 'n t' Soisgeil, a chàirdean, tha solus gu h' àraidh,
Air buaidhean an Ard Righ, a déalradh mar ghrian;
'S air òirdheircais Phàrais, an Dachaидh ro-àille,
A shonraich an t' Ard Righ da chàirdean o chian.

12.

A Leughdair rànnsuich, Fhir-eisdeachd na rànn so,
Dhiot feoraicheam àon ni, is freagair do Dhia
Na chreid u an Fhirinn? Bheil solus a t' inntinn?
Bheil t' anam air iompach'? Bheil gràdh ann do Triath?
Na mhothaich u 'm firinn, mor-éifeachd ro-phriseil-
Fuil Iosa da rireadh toirt sith dhuit ri Dia?
Ma mhothaich bi tàingeil, bi geilleadh gach àm Dha
Slan leat air an àm so, is fuirich fo dhion.

MISNEACH DO 'N FHIREAN.

<eng>AIR—"What's the News."<gai>

1.

O' sona 'n sgeul a tha ri lùaidh,
Dh' eirich Criosc, etc.,
An deigh Dha cadal ann sa 'n ùaigh',
Dh' eirich Criosc, etc.,
An deigh dha umlachd thoirt s' e beò,
An deigh dha fulaing ann san fheòil,
An deigh dha chriochnach obair mhòir,
Dh' eirich Criosc, etc.

2.

Ge gruamach iargalt' fuar am Bàs,
Dh' eirich Criosc, etc.,
Ge naimdeil duaichnidh e 's gach àl,
Dh' eirich Criosc, etc.,
Sann spion e 'n gath as air a Chrànn,
Is chreach e 'm Bàs, sa 'n Uaigh, aig àm;
Is uile naimhdean d' fhag e fànn,
Dh' eirich Criosc, etc.

[TD 61]

3.

Is uime sin cha chiùrr am bàs,
Aon da Shluagh, etc.,
Sa 'n Uaigh cha n' fhad a bhios an sàs,
Aon da Shluagh, etc.,
Cha neil sa 'm Bhàs ach teachdair' sith,
'S cha neil sa 'n Uaigh' ach leabaidh sith,
'S cha chiùrr gu siorruidh peac' na ni',
Aon da Shluagh, etc.

4.

Ged is goirt bhi cuir san Uàigh,
H' uile bliadh'n', etc.,
An dream bha daimhail dhuinn is sùairc',
H' uile bliadh'n', etc.,
Ach ceart co cinnt sa dh' eirich Criosc,
Sa' n am tha sonraichte aig Dia,
Grad eiridh Shluagh gu sonas sior,
Dh' eirich Criosc, etc.

5.

Tha call ro-mhoir aig Eaglais Dé,
Nuair tha 'n dream, etc.,
A bha cuir mais' air Soisgeil Dé,
Dol do Neimh, etc.,
A bha na 'n cridhe gràdhach' Chriosc,
Bha naomh, is umhal, 's làn do chiall,
'S bha giulan toradh fallain fior,
Dol do Neimh, etc.

6.

Ma sheallas tu 'n Tigh-Aoraidh Dhé,
'S falamh 'n àit', etc.,
Ma sheallas tu 'na 'n Teaghlaich féin,
'S falamh 'n àit', etc.,
Cha chluinn u 'n guth 's cha 'n fhaic u 'n gnùis
Ged robh do chridhe craiteach brùit',
Sa 'nuair tha 'n Teaghlaich lùbadh 'n glùn',
'S falamh 'n àit, etc.

7.

Ach cha neil bròin na cràdh na truàigh',
Aig an dream, etc.,

[TD 62]

A tha dol dhachaидh dh' ionnsuidh n Uain,
Tha air Neimh, etc.,
Sann bhios iad sona', siochail, séimh,

'S iad iomlan naomh an cleachd, sa 'n gnè,
A snamh an cùan do ghaol Mhic Dhé,
Tha air Neimh, etc.

8.

Tha trusgan sgiamhach mhaireas nùadh,
Aig an dream, etc.,
A chreid an Soisgeil, 's lean an t' Uan,
Dh' ionnsuidh Neimh, etc.,
Bith' dh 'n sith, sa 'n aoibhneas mòr gu bràth,
A seinn mor chliu, do Ti,-na 'n àit,—
A d' fhulaing air a chrann am bàs,
Chum an dion, etc.

9.

Is chi iad mòrachd 's gloir an Dia,
Tha air Neimh, etc.,
Is chi, is aithnaichidh iad na Naoimh,
Tha air Neimh, etc.,
Na Flathan ard a bh' ann o chian,
Gach Faidh, 's Abstoil ghradhaich Dia,
Sa 'n Cairdean fein a chreid an Criod,
Chi air Neimh, etc.

10.

On chodail is on dh' éirich Criod,
Bith' dh an dream, etc.,
A chodail ann an Ios', gu léir,—
Ann an Neimh, etc.,
Co luath sa gheibh an Criodduigh bàs,
Sann bheir na h' ainghil anam teàruint',
A dh' ionnsuidh Dhia dhá d' thug e gràdh,
Ann an Neimh, etc.

11.

Na deanaibh bròin mar nith' r le càch,
Ged robh 'm bàs, etc.,
A tabhairt uaith' ar Cairdean blàth,
Fanaidh sàmhach', etc.,

[TD 63]

Aig Dia tha còir air uile shluagh,
'S ged bheir e leis, se Fein thug ùaith;
Is ainmsan beannaichidh gu bùan,
'S geillidh Dhà, etc.

12.

Biodh ar Cairdean dhachaидh fhùair,
Dh' ionnsuidh Neimh, etc.,
Nar cuimhn', sa g' aom' ar cridhe sùas,
Dh' ionnsuidh Neimh, etc.,
Le suil gu d' thig an dara ùair,
An Slànuighear thoirt dhachaيدh shluagh,
'S gu 'n coinnich sinn an sin le bùaidh.
'S iad 's a d' fhalbh, etc.

INNLEACHDAN SHATAN.

1.
O se lot is, a rùaig mi,
'Chradh, a mhill, sa rinn trùagh mi,
'N doimhne trùailleachd, is bùairean tha 'm fheòil;
Stric a chuir iad mi 'n crùaidh-chas,
Stric a mhill iad mo shùaimhneas,
Stric a thug iad ma 'n cùairt domh an ceò.

2.
Tha an éucail tha 'm Nàduir,
Co breun, sallach, is gràineil;
Is nach gabhar a slànach ri 'm bheò;
'N comhnuidh sprutadh an ùachdair,
Luighean puinseanach ùabhair,
'S ged a ghearrar le tùagh iad cha leòir.

3.
'S air an trùailleachds' tha m Nàduir,
Sann tha 'n obair aig Sàtan,
'S aobhair mulad, is cràgh e gach àm;
Gu 'm bheil Traoightearean làdair,
'S cairdean dileas do 'm nàmhaid,
Faotuinn comhnaidh am fhàrdaich gach àm.

[TD 64]

4.
'S trid am meallachan bréugach,
M' anam chiùrr agus réub iad,
'S tric a leasaich iad éucail is cràdh;
Ach ge tric rinn mo leònadh,
Tha mi fathast co gòrach,
'S gu bheil tuille sa chòir ga thoirt dàibh.

5.
Thig an a Namhaid gu seòlta,
'S their e, "'S duilich bhi 'n còmhnuidh,
Cumail claidheamh ri sgòrnan gach miann;"
'N sin feuchaidh e bhiàdh dhomh,
'S their e rithisd, nach briàgh e?
'S mu gheibh an Toil,—tha san lion mi am pian.

6.
Thig e rithisd an òrdugh,
'S aig tha solasan bòidheach;
Abuich, aille, mar ròsaibh fo bhlàth;
'S their e, gabhsa do dhiol dhiubh,
'S ni iad sonadh gu fior u;
'S gath am follach os iosal na 'n làimh.

7.
'S mur faighean leis bùaidh orm,
Their e rithisd sa 'n ùair rium;
"'S math a fhuairar u nùair ud co dhiu,
Tha gu 'n teagamh air fàs u,
Ann an gibhtean sa 'n grasan;
'S cha neil eagal gu fàilinn u choidh."

8.
Is ma gheibh e an sàs mi,

Their e rithisd gun dàil rium;
"Cha neil agad ach sgàilean na fiù,
Air do chleachdan, 's do chrabhadh,
'S leis a pheac' bhi ga àicheadh;
Tha do thaic ann am páirt riu co dhiu."

9.

"H' uile la tha u g' éiridh,—
Tha u ciontach'—'s dhuit 's 'éiginn,

[TD 65]

Penas fhaotinn da 'n réir air gach dòigh;
Is nach b' fhearr dhuit bhi ciällach?
'S iarrtuis naduir a riarrach',
'S bith' tu measail am fianuis nan slòigh."

10.

"Na 'm biodh tusa a 'd Chriosduigh,
Cha bhiodh earrainn sa Phiobull,—
A dheanadh do dhiteadh ri 'd bheò;
Ach se th' annad an Ceàlgair,
'S cha neil ni nis a b' fheàrr dhuit,
Na gu 'n cuireadh tu ceànn air do lò."

11.

Nuair a theid air mo ghlùnean,
Their "Cha 'n eisd e ri t' ùrnuigh,
Cha neil creideamh, na ùmhachd, na gradh;
Faic, tha t' inntinn co suibhlach,
'S ann do chainnt cha neil dùrachd,
'S b' fhearr do bhilean bhi dùinte sa 'n am."

12.

'S ma bhios fars'-neachd aig 'm inntinn,
Thig, is their rium gu simplidh;
"S math a rinn u gu cinnteach an dràsd',
'S mor an drùighidh, sa 'n dùrachd,
Leis an d' rinn u ris t' ùrnuigh;
'S gheibh u éisdeachd ged dhiùltadh e càch."

13.

Is ma gheibh e gun géil mi,
Thig e rithisd is éighidh;
"Feuch a nis tha u féinail, is fùar.
Se féin-ghlor tha u 'g iarraidh,
'S cha neil ni ann do Dhiaghachd,
Ach sgleo fhalamh tha riarrach' an 't slùaigh."

14.

Thig e rithisd gu seòlta,
'S their e "Teagasc is seòl iad,
Labhair, searmonich mòran ma Ghràs;
'S feuch gu faicear an còmhnuidh,

[TD 66]

Gu bheil drùighidh ro-mhòr ort,
'S gheibh u onoir, is glòir sann o chàch."

15.

'S thaobh mearachdan chàiche,
Thig, is their rium gu càirdeil;
"'S math a fhuairar gu h' àraidh u féin;
Sud na mearachdan dàichail,
Chunnaic thus iad, is d fhàg iad;
'S fhad ma biodh tu mar chàch toirt daibh géil."

16.

"Tha u eòlach sa 'n Fhirinn,
'S tomhas mòr dhi air t' inntinn,
'S tha u gluasad gu simplidh, 's gu ciùn;
Is ged robh iarrtas air àrdach,
'S cliù fhaotinn o chàcha;
Ciod tha 'n sin ach beag fhàilinn nach fiù?"

17.

Tilgidh rithisd am inntinn,
Saighdean toibheumach, millteach,
Cronail mallaichte innleachdaeh géur;
'S troimh mi-chaithris, is trùailleachd,
Nuair is mo bhios mo shùaimhnas;
Ni mo chiurreadh le bhùairean bréun.

18.

Nuair a leughas mi 'm Piobull,
Their e "Cia-mar tha ni so?
Feuch, Carson, Ciod a bhrigh anns gach céum?
Faic, Cha 'n urrainn u mhineach,
'S Ciod a 'm fios tha gu cìnnteach,
Nach e sgleò tha sa 'm Phiobull gu léir?"

19.

'S nuair troimh rannsachadh géura,
Gheibh mi buaidh air a bhréugan;
An sin gabhaidh 'n Ratréut e gu lùath,
Ach tha innleachdan bàsmhoir,
Air mo chéum leis ga 'm fàgail,
Dh' fheuch am faigh e mo bhàth' dh an truaigh'.

[TD 67]

20.

Sann tha 'm féum air gach ùine,
Bhith ri caithris, is ùrnuigh
Bhith fo 'r 'n armachd, 's ar suil ris a Cheànn
Chum gu 'm faigh sinn ā 'lànachd,
Gras bheir buaidh air gach Nàmhaid;
Fheadh air choigraich sa thà sinn sa ghleànn.

LAOIDH MOLAIDH.

<eng>AIR—"Heaven is my Home."<gai>

1.

O 's grasmhoir, iochdmhoir, glòrmhoir Dia,
Thugaidh moladh dhà;
'Saibhir, saor a thròcair fhiàl,
Thugaidh moladh dhà;

An gliocas chruthaich sinn an tùs,
Thug reusan, ciall, is tuigs', is iùl,
Thoirt géill is gloir do Righ na 'n Dùil;
Thugaidh moladh dhà.

2.

Neartaich, bheathaich, 's thog sinn sùas;
Thugaidh moladh dhà;
Sgeadaich sinn, is dhion gach ùair;
Thugaidh moladh dhà;
Gach Maduinn, Feasgar, s Meadhon-là,
Tha thiodhlacan ro-shaibhir làn,
Sa mhaitheasan dhuinn ùir a ghnàth;
Thugaidh moladh dhà.

3.

Shin e mach nar beath' 'n sith;
Thugaidh moladh dhà;
'S cha d' thug e 'n claidheamh air ar tir;
Thugaidh moladh dhà;
Tha *dortadh fola, s comhraig crùaidh,
An Duthchan eile', milleadh 'n t' slùaigh;
Tha creachadh, losgadh, goirt', is trùaigh';
Is sinne sabhailt beò.

<eng>* Referring to the Indian Mutiny, 1857.<gai>

[TD 68]

4.

Chuir Grian, thoirt solus, blàths', is fàs,
Ann an speura' nèimh;
Thug Geallach, dheanamh suas a àit;
Nuair ghabhas pràmh e féin.
Tha cuir nuas an uisg', sa 'n drùchd,
Thoirt fas air arbhar, féur is phlùr;
Do dhuine 's ainmhidh as an ùir;
Tha cuir teachd-an-tir.

5.

Le maitheas crùnaidh e a bhliadh'n';
Thugaidh moladh dhà;
Tha shaibhreas farsainn, saor, is fial;
Thugaidh moladh dhà;
Na Fithich ēighidh iad ri Dia,
'S na Leomhain òg' tha dh' easbhuidh biàdh,
Fosglaidh e a laimh gu fiàl;
'S Bheir e dhoibh an riàr.

6.

Pheacaich sinn gu tric, 's gu trùagh;
Ann an cainnt, sa 'n gniomh;
Tha ar cridhe sallach, cruaidh;
Dh' easbhuidh rath, na rian;
San t' slighe leathainn sinn a ghlùais,
Fo chumhachd mòrchuis, sannt, is ùaill,
Gu feolmhoir, gòrach, diomhain, cruaidh;
'S cha do sgrios e sinn.

7.

An gradh, sa 'n tròcair sheall E nùas,
Dh' fhaicinn h' uile cridh;
A dh' fheuch an robh am measg an t' sluaigh,
Neach idir nach deach cli;
Se thuirt E mu 'n chinne-dhàoin',
Nach robh na 'm measg, air fad,-a h' àon-
Bha ionraic, fireant', ceart, na nàomh;
'S nach muladach a ni.

8.

'Sa 'n ait' an t' iomlan chuir gu trùaighe,
Mar a thoill gach àon;

[TD 69]

An Trocair ghabh E riu trùas,
Chionn gur mor a ghaol;
Sann chuir o Neamh Aon Ghaoil a chrìdh,
Aon, Aon Ghin Mic, Ard Righ nan Righ;
A thearnadh dhaoin' o dhol an dìth;
O nach mor a ghràdh.

9.

Choimhlion, 's dh' àrdaich Ios' Lagh Dhé,
O nach mor a ghradh;
'S leig E sios a bheath féin;
O nach mor a ghradh;
Dh' fhulaing penas, pian, is bròin,
'S gu ghrund an cupan feirge dh' òl.
Gu bàs gu toileach, anam dhòirt;
O nach mor a ghràdh.

10.

Air sgàth 'n Fhir Shaoraidh nis tha Dia,
O nach mor a ghràdh;
Tabhairt mathanas ro-fhial,
O nach mor a ghràdh;
Do gach creutair sean, is òg',
A theicheas dh' ionnsuidh Chriosd da 'n deòn,
Sa chreideas ann mar Shlànuighear beò,
Sa bheir Dha an cridh.

11.

O sann thig sinn sean, is òg',
'S bheir sinn moladh Dhà,
Earbaidh sinn ā Fhuil chaith dhoirt',
'S ā eifeachd mhòir a bhàis;
Bheir sinn gradh dha geil, is glòir,
'S gheibh sian gras uaith, neart, is treòir;
Ann tha slainnt' ar n' anam leòint;
'S Bheir sinn moladh Dha.

12.

O nach tròcaireach ar Dia;
Bheir sinn moladh Dhà;
A dh' aom ar cridh dh' ionnsuidh Chriosd;
Bheir sinn moladh dhà;

[TD 70]

Hosanna àit do 'n Ti thug bùaidh,
'Sa shlànaich lot ar 'n anam trùagh,
Halleluiah theid sinn sùas;
'S Bheir sinn Moladh Dhà.

MO GHEARAN.

<eng>AIR<gai>—"Druimion dubh."

1.

Oh! nach bu tobar dheoir mo shùilean,
Chum gu 'n guilinn 'la sa dh' oidhch';
Airson còr mo chaomh luchd-dùthcha,
Tha gun chùram, crith na oillt.

2.

Tha na cridheachan air seachran,
'S tha na 'n cleachdan trùaillidh faoin';
Tha na 'n inntinn naimdeil atmhor,
'S deanamh 'n dachaидh fos do 'n t' saogh'1.

3.

Gun ghuth, gun smuainach gu bheil Siorr'dheachd,
Bas, na Dia, a tighinn na 'n còmhail;
Caitheamh an ùine ro-mhi-chiallach,
Toileach', 's riarachadh na feòl'.

4.

Ciod a dh' itheas, is a dh' òlas,
Cia mar gheibh sinn stòr, is saimh?
Se is cainnt do chleachdan mòran,
Sud an cùram mòr gach àm.

5.

Nach do smuainich riamh le cùram,
Co ni 'n còmhnhadh aig' a bhàs;
Na cia-mar bheir do Dhia iad cùnnatas,
As gach pùnnnd a thug e dhoibh.

6.

Nach fhaca riamh gu bheil an anam,
Teann an sàs aig Ceartas Dé;
Is nach do chriothnaich' le bhi faicinn,
Claidheamh lasrach as an deigh.

[TD 71]

7.

Ged tha ùamhasan Iehòbhah,
'N da chuid ròmpa' is na 'n déigh;
Sa 'n cunnart fàs na h' uile moment,
Ach, Ochon! dhoibh sud cha léir.

8.

Ged tha maitheasan Iehòbhah,
Saibhir, mor na h' uile là;
'S tearc an àireamh tha iad g' àomadh,
Gu Fear-Saòraidh gàoil na 'n gràs.

9.

Ged tha 'm Piobull ann 's gach fàrdaich,
Ann an Cànan bhlast' na 'n GAEL;
'S comas léughadh aig gach créutair,
Ach gun spéis ac dha, na càil.

10.

Ged tha Slàinnte mhoir an t Soisgeil,
'S daor a chosainn Righ nan Righ;
Air a cumail mach sa 'n Fhòcal,
'S beag tha sòcrach' oirre 'n cridh.

11.

Ged tha Criod na ghloir, 's 'na shaibreas;
Air a shearmonach nar tir;
'S tearc an àireamh ann tha deàrbhadh—
Ann gu 'n d' fhùair an anaman sith.

12.

Ged a dh' fhoillsich Dia na Fhocal,
Nach e thlachd gu 'n caillear àon;
'S ged a tha ga 'm gairm gu pilltinn,
'S mor tha cuir a ghairman fàoin'

13.

Ged tha Criodda cuireadh dhàoine,
Tha ri sàoth'r, 's fo ùallach trom;—
Thighinn na ionnsuidh chum an teàrnadh,
Ach cha n' àill leo thighinn ànn.

14.

'S ma 'n ti a thig se tha e 'g ràdh,
Nach tilg gu bràth e mach, 's nach diùlt;

[TD 72]

Ciod air bith mar bhà, na thà e,
Eis gu 'n teàruinn e gu cùl.

15.

Dhoirt E fhuil a chosainn réite,
'S luidh fo chréuchdan E sa 'n ùaigh';
'S dh' eirich sùas le bùaidh gu Phàras,
Chosainn slàinnt is sith dha shluagh,

16.

Gach cumhachd Talmhaidh, agus Néamhaidh,
Tha gu léir nis aig an Uan;
Chum gu 'n slànaich, is gu 'n teàruinn,
Peacaich ghràineil, dheth gach slùagh.

17.

Tha 'n obair ghliòirmhoir rinn E chriochnach',
Fagail Dhia ro-cheart, is Naomh;
Ann an saor'dh gach neach mi-dhiadhaidh,
Chreideas ann an Criodda Dhé.

18.

Mo thrùaigh' mo thrùaigh' a chàirdean gràdhach,

Fhad air 's thà sibh deanamh tàir;
'S nach eil ni, na neach ri fhàotainn;
'S urrainn sàor'dh ach Eis o 'n bhàs.

19.

Ciod is ciall duibh! ciod is ciall duibh?
Aig an Diabh'l sibh glacta' beo;
'S Aon Mhac Dhia air tighinn ga 'r 'n iarraigdh;
Is nach fhiàch leibh tighinn na chòir?

20.

O nach teich, gun dail nach teich sibh?
Dh' ionnsuidh 'n Daingneach 'ladair shàoir;
Ma 's an sguab am Bas air falbh sibh,
Gu tiugh dhorchadas le gàoir?

21.

O nach duisg', gun dail nach duisg sibh?
'S faicidh 'n tigh' na smùid ma 'r ceann;
Eiridh, teichidh,—ach mar dùisg sibh;
Bithidh sibh mùchta, sgriosta, caillt,

[TD 73]

22.

Nach teich, nach teich sibh mach a Sòdom?
'S doinionn mhòir a tional shùas;
Mur teich gu cinnteach bithidh sibh bàthte,
Is nach cràiteach, goirt an smùain.

23.

Nach teid, Nach teid sibh steach do 'n Airce?
O! an àichadh nis sibh DIA?
An ēiginn Da an Airce a dhùna?
Oh!—a ghlaodh bhios muigh sa 'n ùair.

24.

Thus a Léughas fos, na dh' éisdeas;
O an ēiginn t' fagail càillt'?
'Bheil u diùltadh, diùltadh gēill?
Do Chriosda Dhé,—ma tha, se 'n càll,

25.

Ma tha u toileach nis, sa géilleadh;
Gheibh u réit', is fois gu 'n dàil;
Trid na h' aireadheachd tha sa'n Eiric,
Thug Mac Dhé, do Dhia na bhàs.

ORAN MOLAIDH.

<eng>AIR—"Katherine Ogie."
<gai>

1.

O moladh 's cliu do 'n Ti is àird,
A theàruinn mi o dhòruinn;
A chum mi suas gach oidhch' is là,
Is miltean fàbhair dheònaich;
Tha 'n doigh sna bhuin E rium a ghnàth;
Na dhearbhadh làidir sònraicht';

Gur buan a ghràs, gur mor a ghràdh,
'S gu mair gu bràth a Thròcair.

2.

Chà b' airidh mi air beannachd riamh,
Ach thoill gach pian is dòruinn;
Le m' ar a mach an aghaidh Dhìà,
Gach la riàmh le 'm ghòraich';

[TD 74]

Gun tuigs' gun chiàll, gun seol, gun riàn,
Gun eagal Dià, gun ghàol da;
Mo chainnt', 's mo ghniomh, ro-thrùaillidh fiàr,
'S aig ana-miànn air thaod mi.

3.

Dh' fheuch dhomh olc, is plaigh mo chrìdh,
Gu 'n robh mi clí 's fo dhàorsa;
Bha m' anam brònach, craiteach, sgìth,
Gun fhois an ní sa 'n t' sàogh'l:
Dh' fheuch mi 'n sin ri fàs ni b' fheàrr,
'S ri Beinn Shinài dhìreadh;
Ach 'n àit ni 's feàrr, na 's miosa 'd fhàs,
'S mi làn do pheac' 's do dhiteadh.

4.

An sas aig Ceartas mi gu teànn,
Gun fhùasgladh ànn a ni dhomh:
'S e 'g éigheach 'm anam ghearradh sìos,
Do 'n teine shìorruidh mhillteach;
Mo Choguis mhuch mi fad na 'n ciàin,
Mar sgian am chridhe brùite;
A dùsgadh orm mar Leomhan gàrg,
Mo neart air falbh, 's mo lùth uam.

5.

Am ēiginn mhoir, aig ceann mo chiall,
Gun fhois, gun dion, gun dòchas;
An Tròcair dh' fheuch dhomh IOSA CRIOSD,
Toirt Umhlachd, 's Dioladh comhlath;
Is threòraich m' anam bochd-gu dion,--
Fhaotinn fo sgiathaibh' Thròcair;
'S gu taiceachadh air ùmhìachd Chriosd,
Sàr Bhunait dion, is dòchais.

6.

An eallach ciont, is dit' le chéil',
A chràdh, a rēub, sa leòn mi;
Thuit dhiom aig' Cranna-cēusaïdh Chriosd,
'S mo shùil air Ios' na aonar;
'S air m' fhacal fior, bha m' anam liont',
Le h' aoibhneas, sith is sòlas;

[TD 75]

Le taingealachd, le moladh, 's cliù,
Do dh' Ios', thug saorsa mhòir dhomh.

7.

Mi 'g amharc sùas, ri Ios' na 'm Buàdh,
Is m' anam fùasgait' ceòlmhoir;
Sann chual a mi neach àraidh g' ràdh,
'Seas, Faic, nis slàinnt' Iehòbhah;
Thuirt m' anam 's leòir e Dhia na 'n gràs;
An sin chaidh 'n ghràdh a dhòrtadh,—
A mach air feadh mo chridh'—chum—
Nach nàraichear mo dhòchas.

8.

Bha subhachas, is ēud, is sith,
Is gradh am chridh còmhllath;
Bha 'm peacadh fùathach thar gach ni,
'S mo choguis tairis beòmhoir;
Bha Focal Dē dhomh ùir gu léir,
'S aig m' anam Féisd ro-mhoir ann;
Bha chuing aig Criod, dhomh éutrom, fior,
'S be miann mo chridhe ghlòrach'.

9.

Bu mhoir mo spéis, do làtha Dhé,
Da shluagh gu léir, 's da òrduighean;
Be m' aoibhneas tachairt ris an dream,
A bhiodh ma Chriod a còmhradh.
Bhiodh òrain molaidh tric am bhéul,
'S mo chridhe séinn le sòlas;
Is rachainn tric a dh' àit' leam féin,
A gh' ùrnuigh, 'leughadh, mheòrach'.

10.

Sud an Samhradh sa 'n robh 'm blàth,
'S mo Ghrian a deàlradh ciùn-mhoir;
Is frasan gràis, a tighinn o 'n àird,
Toirt fàs air gràdh, sa g' ùrach';
Am Ghàradh féin, gach craobh is géug,
Gach luibh, gach féur, is phlùran;
Fo bhlàth gu léir le drùchd o néamh,
Ro-àille, céit-fhail, cùbhradh.

[TD 76]

11.

Mo dhlù' Fhear-dàimh, is Fear-mo-Ghraidh,
Bhiodh dlùth dhomh tric sa 'n là ud;
'S e féuchainn domh a mhais', sa ghlòir,
A shaibhreas mòr, sa 'n lanachd;
Sa nùair a b' urrainn mi a ràdh,—
Gur leamsa an t' Ard-fhear gràidh so,
'S gur Leisan mis'-bhiodh 'm aoibhneas làn,
'S mo chridhe fànn le gràdh Dha.

12.

Cha b' fhiù leam Sòlasan an t' Sàogh'l,
'Sa stòras fhàoin' sa 'n tìm sin;
Be iartas m' anam a bhi naomh,
Is gluasad réir na Firinn,
Mo dhùthchas is mo dhachaidh shùas,
'M Fhear-tagraidh shuas 's mo Dhillsean;
An b' iongnadh ged a bhiodh mo chridh',
Na 'n ionnsuidh tric a dìreadh.

13.

Tha trùailleachd shallach leantuinn rium,
Sa 'n t' Saogh'l cha 'n fhaigh mi saoir dhi;
Tha gleachd a mach is stri a steach,
Trid saighdean goirt a Mhìlltear;
Ach o'n a thug m' Fhear-saoraidh buàidh,
'S gu bheil a Shlùagh na 'n Aon Ris;
'S iad taitneach Dhà, am Mac a ghràidh,
Cha tilg mi uam mo dhòchas.

AN TOIGH LEAT MISE.

<eng>AIR<gai>—"Alasdair Mhòtich."

1.

Nis a Shimoin Bhar-Iòna,
Aon ni sònraicht' tha cli;
Eadar thusa 's do Slànuighear,
Chionn gu' d' àicheadh u mi;
'S on tha mise gu t' fhàgail,
'S dol gu Phàras an sith;

[TD 77]

Thig, 's gu 'm faic cia-mar thà u,
Ma 'sa 'm fàg mi an tirs'.

2.

'S cuimhne leat nuair a bhà sinn,—
Cruinn sa 'n àrd-sheomair ghrinn;
'S nuair a dh' fhéuch mi gu 'n tréigeadh,
Sibh gu léir mi, mar rinn:
Labhair thusa gu dàna,
'S chuala cach u toirt glàodh;
"Ged a d' fhulaing mi 'm Bàs,
Cha dean mi t' àicheadh a chòidh."

3.

Is cuimhne leat is e 's dàcha,
'N tigh Chaiàphas mur rinn;
Nuair a sgiùrsadh le cach mi,
Is a bhà mi an teinn;
'S cruaidh na mionnan a thàinig,
Mach an trà 'd as do bhéul;
Nach b' aithne dhuit riamh mi,
'S rinn u m' àicheadh gu tréun.

4.

Nis a Shimoin Bhar-Iòna,
Tha mi feòrachadh dhiot;
Bheil barrachd graidh agad dòmhsha?
Orra sin ann sa 'n tims?
Bha u g' aideach sa 'n àm ud,
Gu 'm bànnsa leat mi;
Ach faic, is smùainich mar rinn u,
'S ciód a nis tha gu bhí'

5.

Fhreagair Simon, 's bu bhròinach,
Dubhach, leòinte a chrìdh;
Chionn an aobhair gu 'n d' fheòraich—
E tri chuairt an t' aon nì;
'Sa chionn gun labhair e gòrach,
Nuair bu mhòir a bha shith,
Ach nuair a thàinig an déuchainn,
Dh' aicheadh, 's thréig e a Rìgh.

[TD 78]

6.

Is thubhaint ri Iosa,
An cainnt fhior, shoillear, réidh;
"Dhuit is aithne gach crèutair,
"Agus 's lèir dhuit gach cridh',
"Agus 's fiosrach u 'n còmhnuidh,
"Gur mòr dhuit mo spéis;
"Ged bha mo chainnte co gòrach,
"Och! cha b' eòl dhomh mi fèin."

7.

Ach O m' anam neo-bhàsmhoir,
Thig, is rànnsuich a chùis;
A bheil u gradhach' an t' Slànuighear,
Agus Dhàsan toirt cliù;
An urr' u radh am firinn,
Mar thuirt Simon sa 'n ranns',
An d' thoir e sòlas dhuit smùainach,
Dhas' gur léir u gach àm.

8.

Faic, is cuimhne leat àm,
Sa 'n robh u fànn agus leòint';
Air do chùairteach' le nàimhdean,
Sallach, càillt' agus breòit';
Eallach ciont' air do ghùaillean,
'S u gun sùaimhneas, gun treòir;
Teann air Bàs, agus Siorruidheachd,
'S corruich Dia air do thòir.

9.

Bha u muladach cianail,
Dh' easbhuidh dòn agus sith;
Coguis chiontach gad phiànadh,
'S bròin a liònadh do chrìdh;
U ach beag an èu-dòchas,
Dh' easbhuidh, lòchran na soills',
Is dùibhre eag' lach na siòrruidheachd,
Umad g' iadh'dh mar oidhch'.

10.

'S cuimhne leat mar a dheònaich,
Ann na thròcair dhuit,—Dia,—

[TD 79]

Solus, tuigs' agus eòlas,
Sann air Morachd an Triath;
Rinn na fiachan a phàighaidh,

Chosainn slàinnt', is a bhùaidh;
Thug an gath as a Bhàs,
Sa chreach gu bràth e,-sa 'n Uaigh.

11.

Nuair a chunnaic u Iosa,
Tabhairt dioladh gu leòir;
Sa chreid u an Fhirinn,
T' fhois, 's do shith, ann bha mòr;
Fhuair u saors', agus fùasgladh,
'S bunait lùachmhoir, is comhnard,
Thuit an eallach dheth 'd ghùaillean,
Is do bhùaidhean thug beò.

12.

A chulaidh shallach thug dhiot i,
'S thug culaidh rhiomhach na h' àit';
Rinn do ghlanadh, 's bha féum air,
'S chuir e séul air do làimh;
Thug e claidheamh, is sgiath dhuit,
'S clogaid dhionadh do cheànn;
Brògan maiseach, s uchd-ēididh,
'S bord, 's gach gléus air gach àm.

13.

Leig e ris dhuit a bhòidheacht',
